

Ath-leasachadh Fearainn ann an Nàisean

Cothromachadh-carboin

Pàipear Co-comhairleachaidh

Clàr-innse

Ro-ràdh Ministreil	i
Pàirt 1: An rathad gu ath-leasachadh	1
Pàirt 2: An ath-cheum Ath-leasachadh Fearainn ann an Nàisean Cothromachadh-carboin – am Bile ri teachd.....	3
Pàirt 3: Tar-shealladh	7
Pàirt 4: Slatan-tomhais airson sealbhachdan fearainn mòra	8
Pàirt 5: A' neartachadh na h-Aithris air Còraichean is Dleastanasan Fearainn	11
Pàirt 6: Planaichean Stiùiridh Fearainn Riatanach	16
Pàirt 7: A' riaghladh na margaidh ann an tar-ghluasadhan fearainn air sgèile mhòr: Deuchainn Leas a' Phobail ùr, agus riatanas fios fhoillseachadh gu bheilear an dùil fearann a reic	20
Pàirt 8: Cumhachan ùra air an fheadhainn a tha a' faighinn maoineachadh poblach airson gniomhachd stèidhichte air fearann.....	30
Pàirt 9: Teantanachd Cleachdaidh Fearainn	32
Pàirt 10: Sealbhachdan fearainn beaga	36
Pàirt 11: Soilleireachd: Cò leis a tha Fearann na h-Alba, cò aig a tha smachd air agus cò tha a' faighinn buannachd às	37
Pàirt 12: Ath-leasachaidhean eile co-cheangailte ri fearann	39
Pàirt 13: A' measadh buaidh	41
Pàirt 14: Briathrachas.....	42
Pàirt 15: Co-dhùnad agus na h-ath cheumannan.....	45
Pàirt 16: Foirm fiosrachaiddh mun neach-freagairt	47

Ro-ràdh Ministreil



Tha cleachdadhs agus sealbhachadh fearann na h-Alba air aon de na prìomh cheisteann airson na n-àrainneachd, comann-sòisealta agus eaconamaidh againn san àm ri teachd.

Bho fhuair Alba fèin-riaghala dh, tha a bhith a' dèiligeadh ri suidheachadh eachdraidheil far a bheil pàirtean mòra de dh'Alba fo shealbh agus gan cleachdadhs ann an dòighean a tha air an co-dhùnadhan chan ann le coimhairsnachdan a tha a' fuireach orra, ach le uachdarain, gu tric stèidhichte taobh a-muigh na h-Alba, air a bhith na chuspair bhon chiad Phàrlamaid.

Mar thoradh air Achdan Ath-leasachadh an Fhearrainn 2003 agus 2016 agus aonta Achd Cumhachdachadh Coimhairsnachd 2015, tha Alba air ceumannan mòra a ghabhail air adhart gus taic agus comas a thoirt do choimhairsnachdan barrachd cothrom a bhith aca sealbhachadh no buaidh a thoirt air cleachdadhs an fhearrainn sa bheil tha iad a' fuireach.

Tha mi moiteil à eachdraidh na h-Alba a thaobh ath-leasachadh adhartach is ùr-ghnàthach. Ach chan eil an turas deiseil.

Tha an t-àm ann a-nis na h-ath cheumannan a ghabhail san t-slighe seo de dh'ath-leasachadh fearainn agus freagairt a thoirt air na dùblain sòisealta, àrainneachdail agus eaconamach a tha romhainn a-nis.

Thar na Pàrlamaid seo, leanaidh an t-slighe reachdail a thaobh ath-leasachadh fearainn agus seilbh coimhairsnachd, tro Bhile Ath-leasachadh an Fhearrainn an toiseach, agus an uair sin tro Bhile Togail Beartas Coimhairsnachd,

Tha prìomh amasan poileasaidh ath-leasachadh fearainn Riaghaltas na h-Alba air am mìneachadh gu soilleir san Aithris againn air Còraichean is Dleastanasan Fearainn, is iad sin:

- a bhith a' cur ri iomadachd sealbh fearainn;
- atharrachadh a thoirt air cleachdadhs fearainn; agus
- gus barrachd chothroman a chruthachadh do choimhairsnachdan a dhol an sàs ann an co-dhùnaidhean mun fhearrann mun cuairt orra, agus a bhith a' co-roinn nam buannachdan a thig às a seo.

Tha fearann na stòras deatamach a tha mar bhunait air beartas, agus air sunnd na dùthcha againn gu lèir. San àm a dh'fhalbh tha sealbh prìobhaideach air fearann – gu h-àraidh aig sgèile – air cliù nach beag a thoirt seachad, co-cheangailte ri mar eisimpleir tiotalan agus inbhe oighreachail, agus comas buaidh a thoirt air poileasaidh agus lagh. Ged a tha mòran thaobhan den chomann-shòisealta air fàs nas cothromaire, tha an cliù co-cheangailte ri sealbh fearainn aig sgèile mhòr fhathast ann, agus tha e a-nis ann an riochdan ùra.

Tha dealas aig Riaghaltas na h-Alba àite choimhairsnachdan a neartachadh tro ath-leasachadh fearainn, oir tha fios againn gum faod follaiseachd, sealbhachadh, agus

a bhith an sàs ann an co-dhùnaidhean mu fhearann, a bhith a' cumail suas agus a' cur ri sunnd agus ath-leumachd dhaoine ionadail.

Mar sin tha a' cho-chomhairle seo a' toirt air adhart molaidhean reachdail bho Choimisean an Fhearinne gus dèiligeadh ri buaidh sgèile agus dùmhachd sealbh an fhearinne.

Ach nuair a tha sinn a' cumail oirnn air turas ath-leasachadh fearainn na h-Alba, a' dèiligeadh ri neo-ionannachdan eachdraidheil, feumaidh sinn cuideachd a bhith mothachail air dùblain ùra agus a tha a' tighinn am bàrr le sùil ris an àm ri teachd.

Tha àrainneachd nàdarra na h-Alba no 'Calpa Nàdarra' air fàs nas luachmhoire na bha i a-riamh air sgàth a comas taic a chumail ri Alba agus ri turas an t-saoghal mhòir gu "cothromachadh-carboin" agus buannachd nàdair.

Bidh an dà chuid tasgadh poblach is priobhaideach san àrainneachd nàdarra ro-chudromach gus dèiligeadh ri èiginn na gnàth-shìde agus an eag-eòlais.

Tha seo a' toirt cothrom nach beag do dh'Alba agus do na daoine againn a dh'fheumas sinn a bhith deònach a ghabhail. Ach, 's e an cunnart, gum faodadh tasgadh suidheachadh a chruthachadh far nach eil daoine cho cudromach ri pròiseactan mòra, gu tric nam pròiseactan corporra, a tha fada air falbh bho choimhearsnachdan, air an sparradh orra agus às nach eil iad a' faighinn buannachd. Tha tuigse air seo a' sìor fhàs am measg choimhearsnachdan dùthchail. Tha seo an aghaidh na lèirsinn againn airson fearann agus coimhearsnachdan na h-Alba san àm ri teachd agus ri prionnsabalan eadar-ghluasad cothromach.

Feumaidh sinn dèanamh cinnteach gu bheil ar coimhearsnachdan an sàs ann an leasachaidhean stèidhichte air nàdar agus gum faigh iad buannachdan asta. Tha molaidhean bho Choimisean an Fhearinne gus aithris chòraichean is dleastanasan an fhearinne a neartachadh, planaichean stiùireadh fearainn a chleachdad agus gu cudromach gus deuchainn leas poblach a thoirt a-steach uile a' cumail taic ris an lèirsinn againn agus thathar a' coimhead orra seo sa cho-chomhairle seo. Tha a' cho-chomhairle seo a' dol nas fhaide, a' togail cheistean air mar a nì sinn cinnteach gu bheil pròiseactan calpa nàdarra cothromachd, a bharrachd air a bheil an siostam chìsean againn ag aithneachadh a' bheartais a thathar a' cruthachadh agus a' gluasad tron mhargaidh seo gu h-iomchaidh.

Is e an lèirsinn a tha agam, leis a bheil a' mhòr-chuid ag aontachadh nam bheachd, Alba le cothromachadh-carboin a bhith againn le coimhearsnachdan dùthchail is eileanach a tha a' soirbheachadh (agus a' fàs) agus far a bheil barrachd, chan e nas lugha, de dhaoine a' fuireach agus ag obair gu seasmhach air an fhearinne againn.

Mar thoradh, gu ìre air dùbhlain eile aig an àm seo, 's e sin draghan a tha air an dèanamh nas miosa leis an ionnsaigh mhì-laghail air an Ucràin leis an Ruis, tha a' cho-chomhairle seo a' coimhead air dòighean anns am b' urrainn dhuinn piseach a bharrachd a thoirt air trìd-shoilleireachd sealbhadaireachd fearainn, a' gabhail a-steach a bhith a' faighneachd cò as urrainn agus a bu chòir subsadaidh poblach fhaighinn, ciamar a b' urrainn dhuinn ceannachd fearainn a chuingealachadh ri

daoine a tha clàraichte airson chìsean san RA agus san AE, agus a' faighneachd de na deuchainnean a bu chòir a chur an sàs mus tèid fearann a cheannach air sgèile mhòr.

San dòigh seo, tha sinn a' dràibheadh air adhart ath-leasachadh air pàtrain sealbh-fearainn a tha neo-chothromach gu h-eachdraidheil, ach tha sinn a' dèanamh sin le sùil ri dùblain an latha an-diugh agus ri cothroman san àm ri teachd.

Bidh farsaingeachd de bheachdan air na molaidean againn: Tha mi a' cur fàilte air seo. Tha na ceumannan sa phàipear co-chomhairleachaidh seo a' cur an cèill nan geallaidean a chaith a dhèanamh nar manifesto taghaidh agus mar phàirt den aonta againn le Pàrtaidh Uaine na h-Alba. Tha iad a' co-thaobhadh ris na priomhachasan airson na h-eaconamaidh, na h-àrainneachd, agus a' chomainn-shòisealta a tha air am mìneachadh nar Prògram Riaghlaidh.

Agus sinn a' gabhail nan ath cheumannan air an t-slighe ath-leasachadh fearainn nàiseanta againn, tha mi an dòchas gun urrainn dhuinn gluasad air adhart stèidhichte air aonta a thaobh leas na dùthcha gu lèir, a' faighinn cothromachadh eadar càraichean is dleastanasan, agus aig an aon àm a' toirt spèis do dh'ùidhean agus miannan eadar-dhealaichte an fheadhainn uile aig a bheil ùidh ann am fearann na h-Alba agus càraichean daonna na h-uile.

Tapadh leat airson ùine a chur seachad gus beachdachadh air na molaidean cudromach seo. Tha mi a' coimhead air adhart ri bhith a' beachdachadh gu faiceallach air a h-uile freagairt do na ceistean a tha sa phàipear seo, agus sinn a' gabhail cheumannan a bharrachd air an t-slighe ath-leasachaidh.



Màiri NicAilein BPA

Ministear airson na h-Àrainneachd agus Ath-leasachadh Fearainn

Pàirt 1: An rathad gu ath-leasachadh

Ath-leasachadh an fhearin anns na bliadhnaichean tràthha de dh'fhèin-riaghalaich

Air 1 Iuchar 1999, chaidh Pàrlamaid na h-Alba ath-ghairm agus bhon latha sin ghabh a' Phàrlamaid a cumhachd gus laghan a dhèanamh do dh'Alba air cùisean tiomnaichte. Bhon uair sin, tha Pàrlamaid na h-Alba air grunn cheuman a chur an gniomh a thaobh ath-leasachadh fearainn. B' e tè de na ciad Achdan aig a' Phàrlamaid Achd Cur Às do Shealbh Fiùdalach (Alba) 2000. Thug an Achd seo siostam simplidh agus ùraichte de sheilbheachd fearainn a-steach, agus chuir i às dhan t-seann siostam gabhaltais fiùdalach na h-Alba a bh' ann airson còrr is 800 bliadhna.

Is e feart cunbalach de dh'ath-leasachadh fearainn ann an Alba taic an riaghalaich do shealbh choimhairsnachdan. Ro 2000, thug Oifis na h-Alba taic-airgid do dh'aonad fearainn ann an lomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, a thug taic do choimhairsnachdan air a' Ghàidhealtachd gus an cuid fearainn a cheannach. Ann an 2000, chaidh Maoin Fearainn na h-Alba a stèidheachadh le taic bho Riaghaltas na h-Alba. Air a mhaoineachadh an toiseach leis a' Chrannchur Nàiseanta, b' e an tamas aige tabhartasan a thoirt do choimhairsnachdan gus am faigheadh iad cothrom fearann a cheannach. Chaidh ath-bhogadh anns a' chruth làithreach aige ann an 2012. Tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt seachad maoineachadh de £10m sa bhliadhna dhan Mhaoin aig an àm seo agus tha iad air gealltann seo a dhùblachadh ro dheireadh na Pàrlamaid seo.

Ag aithneachadh gun robh feum air frèam laghail gus taic agus brosnachadh a thoirt do bharrachd choimhairsnachdan gus fearann a cheannach, thug Riaghaltas na h-Alba a-steach Achd Ath-leasachadh an Fhearin (Alba) 2003. Bha na ceuman a leanas san achd:

- còir reachdail air cothrom cunntachail air a' mhòr-chuid den fhearrann (gun charbadan motair);
- 'còir ceannach' coimhairsnachd a thug còir do bhuidhnean coimhairsnachd ion-roghnach tagradh a dhèanamh gus ùidh a chlàradh ann am fearann dùthchail, a bharrachd air còir tagradh a dhèanamh airson còir ceannach 'ro-chasgach' a chleachdad, (gu h-èifeachdach a' chiad chothrom ceannach ma thèid/nuair a thèid an thalamh a reic); agus
- còir ceannach coimhairsnachd croitearachd, far am faod buidhnean coimhairsnachd croitearachd com-pàirt a chlàradh ann am fearann a tha fo ghabhaltais croitearachd, agus am fearann sin a cheannach (co-dhiù tha an sealbhadar airson a reic), le ùmhachd do chead bho Mhiniestar na h-Alba.

Chaidh Achd 2003 a chleachdad le coimhairsnachdan gus timcheall air 57,000 acaire de thalamh dùthchail a cheannach bho 2003. A bharrachd air sin tha e air cuideachadh gus mòran coimhairsnachd an cuid fearainn a cheannach tro cho-rèiteachadh, seach a bhith a' cleachdad an reachdais.

Aithisg Buidheann Ath-sgrùdaidh Ath-leasachaiddh an Fhearrainn 2014, agus Achd Ath-leasachaiddh an Fhearrainn 2016

Ann an 2012 stèidhich Riaghaltas na h-Alba a' Bhuidheann Ath-sgrùdaidh air Ath-leasachadh Fearainn neo-eisimeileach. Chaidh an raon-ùghdarris a thoirt dhan bhuidhinn seo a bhith a' cruthachadh 'mholaidhean ùr-ghnàthach agus radaigeach air ath-leasachadh fearainn a chuireas ri soirbheachas na h-Alba airson nan ginealaichean ri teachd'. Chaidh na molaidhean seo fhoillseachadh leis a' Bhuidhinn Ath-sgrùdaidh air Ath-leasachadh Fearainn san aithisg aca sa Chèitean 2014.

Mar fhreagairt air Aithisg Ath-sgrùdaidh Ath-leasachadh an Fhearrainn 2014, thug Riaghaltas na h-Alba a-steach barrachd reachdais chudromaich tro Achd Cumhachdachadh nan Coimhairsnachdan (Alba) 2015 agus Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2016. A bharrachd air an sin, thug Riaghaltas na h-Alba dleastanas do Chlàr na h-Alba an obair mhòr a dhèanamh a bhith a' criochnachadh a' Chlàr Fearainn gus ìre ùr de dh'fhollaiseachd a thoirt air shealbh fearainn ann an Alba.

Thug Achd Cumhachdachadh nan Coimhairsnachd na leanas a-steach:

- ceumannan gus pròiseas Còir Ceannach nan Coimhairsnachd a dhèanamh nas sìmplidhe, agus a leudachadh gu bailtean-mòra a bharrachd air sgìrean dùthchail na h-Alba;
- Còir ùr air Fearann Trèigte, air a Dhearmad no Cronail;
- ceumannan gus taic a thoirt do bhuidhnean coimhairsnachd gus sealbh no smachd a ghabhail air stòrasan bho Riaghaltas na h-Alba, buidhnean poblach leithid Coilltearachd is Fearann Alba agus bùird-slainte, agus bho ùghdarrasan ionadail; agus
- ceumannan gus dèanamh cinnteach gu bheil co-dhùnaidhean a tha gan dèanamh mu sheirbheisean poblach a' toirt feart do dh'fheumalachdan agus do bheachdan coimhairsnachd.

Thug Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2016 a-steach ceumannan a' gabhail a-steach:

- riataras airson Aithris air Còraichean is Dleastanasan Fearainn na h-Alba (LRRS) a chruthachadh gus an dàimh eadar fearann agus sluagh na h-Alba a leasachadh, far a bheil còraichean agus dleastanasan a thaobh fearann air an làn aithneachadh agus air an coileanadh;
- stèidheachadh Coimisean Fearainn na h-Alba gus ath-sgrùdadadh a dhèanamh air èifeachdas agus buaidh laghan agus poileasaidhean làithreach agus san àm ri teachd co-cheangailte ri fearann;
- cumhachdan do Mhinistearan na h-Alba gus dèanamh cinnteach gun tèid fiosrachadh fhoillseachadh mu cò aig a bheil smachd air fearann agus gus Clàr Poblach airson Smachd air Fearainn (*Register of Controlling Interests in Land*) a stèidheachadh; agus
- còir ùr air Fearann a Cheannach gus Leasachadh Seasmhach a thoirt air adhart.

Chaidh Aithris Còraichean is Dleastanasan Fearainn fhoillseachadh ann an 2017. Tha an Aithris a' cur an cèill dealas Riaghaltas na h-Alba a thaobh sealbhachd fearainn nas eadar-mheasgte. Tha an dealas seo air a chur an cèill anns na prionnsapalan a leanas ann an Aithris Còraichean is Dleastanasan Fearainn:

"Bu chòir... barrachd cothroman a bhith ann do shaoranaich fearann a shealbhachadh, a thoirt air màl agus cothrom fhaighinn air" - agus

"Bu chòir cothrom a bhith aig barrachd choimhairsnachdan ionadail togalaichean agus fearann a shealbhachadh, a thoirt air màl no a chleachdad a chuireas ri sunnd agus leasachadh na coimhairsnachd aca san àm ri teachd".

Còmhla, tha na ceumannan a chaidh a thoirt a-steach tro na h-Achdan a chaidh aontachadh bho 2000 air cuideachadh gus cothromachadh cumhachd nas fheàrr agus nas cothromaiche fhaighinn eadar coimhairsnachdan agus uachdarain anns gach roinn. Tha Aithris Còraichean is Dleastanasan Fearainn cuideachd air cuideachadh le bhith ag àbhaisteachadh dùilean gum bi coimhairsnachd an sàsann an co-dhùnaidhean mun fhearann mun cuairt orra.

Pàirt 2: An ath-cheum Ath-leasachadh Fearainn ann an Nàisean

Cothromachadh-carboin – am Bile ri teachd

Togaidh an ath Bhile Ath-leasachadh Fearainn air Achdan Ath-leasachadh an Fheàrainn 2003 agus 2016 gus ar cuideachadh gus na h-amasan a tha sinn air a shuidheachadh ann an grunn raointean poileasaidh a ruiginn.

Chaidh Coimisean Fearainn na h-Alba a stèidheachadh mar bhuidheann phoblach le Riaghaltas na h-Alba air 1 Giblean 2017 gus dèligeadh ri cùisean co-cheangailte ri sealbh fearainn, còraichean fearainn, riaghlaigh fearainn, agus cleachdad fearainn. Tha an coimisean cuideachd a' gabhail a-steach obair Coimiseanair Tuathanachas Màl. Tha an raon-ùghdarrais aca cuideachd a' gabhail a-steach cìsean fearainn, agus cleachdad fearainn gu h-èifeachdach airson leas coitcheann.

B' e fear de na ciad ghnìomhan aca rannsachadh a dhèanamh air cùisean co-cheangailte ri sgèile agus dùmhlaichd seiabh fearainn ann an Alba. Bho 2000 tha sreach de dh'aithisgean, a' gabhail a-steach [pàipear-ullachaидh](#) airson Comataidh Cùisean na h-Alba ann an Taigh nan Cumantan agus [aithisg 2019](#) bho Choimisean Fearainn na h-Alba, air sealltainn gu bheil ire dùmhlaichd air leth àrd de shealbh fearainn ann an Alba a rèir ìrean eadar-nàiseanta. Tha e neo-àbhaisteach cuideachd leis nach eil bacadh sam bith air cò aig a dh'fhaodas fearann a cheannach, no nas urrainn de dh'fhearann a bhith aca. Ann an 2018, chuir an Coimisean pàipear deasbaid agus gairm fianais air bhog air seo. Air an ath bhliadhna chuir iad aithisg 2019 gu Ministearan na h-Alba a' toirt mion-fhiosrachadh dhaibh air na co-dhùnaidhean agus na molaidhean aca.

Fhareagair Ministearan na h-Alba aithisg 2019 le bhith ag iarraidh air Coimisean Fearainn na h-Alba barrachd obair leasachaидh a chur air cuid de na molaidhean

aca. Anns a' Ghearran 2021, dh'fhoillsich Coimisean Fearainn na h-Alba [pàipear deasbaid](#) air 'Molaidhean reachdail gus dèiligeadh ris a' bhuaidh a tha aig dùmhachd sealbheadaireachd fearainn na h-Alba'. Gheibhear barrachd fiosrachaidh mun phàipear deasbaid seo air [làrach-lin](#) Coimisean Fearainn na h-Alba. Chuir am pàipear deasbaid trì prìomh mholaidhean air adhart airson atharrachaidhean san reachdas:

- riataras do shealbhachdan fearainn mòra Plana Stiùiridh ullachadh agus fhoillseachadh;
- pròiseas Lèirmheas Còraichean is Dleastanasan Fearainn, a thèid a chur an sàs far a bheil fianais ann gu bheil droch bhuaidh ann; agus
- Deuchainn Leas Poblach ùr a cho-dhùnad a bheil ceannach no gluasad fearainn mòr a chùm leas a' phobaill.

Na freagairt, thug Rùnaire a' Chaibineit airson na h-Àrainneachd, Atharrachadh na Gnàth-shìde, agus Ath-leasachadh Fearainn aig an àm fa-near:

"Gu dearbh, bheir sinn aire iomchaidh do seo, agus tha sinn fhathast dealasach a thaobh a bhith ag obair le com-pàrtichean gus freagairtean poileasaidh is reachdail a chruthachadh aig an àm iomchaidh, leis an èiginn slàinte phoblach a tha romhainn. Tha e deatamach cuideachd gum bi molaidhean sam bith a thèid a thoirt air adhart a' gèilleadh ris a' Chùmhnant Eòrpach air Còraichean Daonna agus ris an rèiteachadh tiomnaichte."

Tha Riaghaltas na h-Alba fhathast gu mòr airson a bhith a' dèiligeadh ri droch bhuaidh sam bith a thaobh sgèile agus dùmhachd sealbh fearainn san ath Bhile Ath-leasachaidh Fearainn. Tha mòran air atharrachadh, ge-tà, bho rinn Coimisean Fearainn na h-Alba na ciad mholaidhean aca do Mhinistearan na h-Alba ann an 2019. Feumaidh an ath Bhile Ath-leasachadh Fearainn cuideachd aghaidh a chur air seata de dhràibhearan poileasaidh poblach nas fharsainge, gu h-àraidh a thaobh nan dleastanasan laghail gus eadar-ghluasad cothromach do chothromachadh-carboin a thoirt seachad.

Gheall Prògram an Riaghaltais 2021-2022 Bile Ath-leasachadh Fearainn ùr a thoirt air adhart a bhiodh 'a' toirt aghaidh air dùmhachd sealbhadaireachd fearainn ann an Alba, a' gabhail a-steach deuchainn leas a' phobaill'.

Anns an Lùnastal 2021 thàinig Riaghaltas na h-Alba agus Buidheann Pàrlamaideach Pàrtaidh Uaine na h-Alba gu aonta air dreachd phrògram poileasaidh co-roinnte – [Aonta Taigh Bhòid](#). Tha an t-aonta a' mìneachadh a' gheallaidh a leanas:

"Bidh am Bile Ath-leasachadh Fearainn ùr ag amas air dèanamh cinnteach gu bheilear a' beachdachadh air ùidh a' phobaill nuair a għluaisear sealbhachdan fearainn gu sònraichte mòr, agus bidh sinn ag amas air ro-cheannach a thoirt a-steach airson ceannach coimhearsnachd far a bheil an deuchainn leas poblach an sàs, agus far a bheil e iomchaidh sin a dhèanamh. Bidh na molaidhean againn a' cur ris na dòighean còir-cheannaich coimhearsnachd a th' ann mar-thà".

Tha na geallaidhean seo, a bharrachd air molaidhean Coimisean Fearainn na h-Alba, nan toiseach tòiseachaidh dhan cho-chomhairle seo a tha a' sìreadh bheachdan air molaidhean airson an ath Bhile Ath-leasachadh Fearainn.

A bharrachd air a bhith a' coileanadh nan amasan a tha air am mìneachadh ann an Aithris Còraichean is Dleastanasan Fearainn, feumaidh sinn a h-uile cothrom a ghabhail gus eadar-ghluasad cothromach gu cothromachadh-carbon a thoirt a-steach agus gus dèiligeadh ri èiginn na bith-iomadachd. Tha àite bunaiteach aig fearann anns an fhreagairt againn ri èiginn gnàth-shide agus èiginn na bith-iomadachd. Is gann gun gabh cus a dhèanamh den chomas a th' aige cur ri ar priomhachasan nàiseanta a thaobh eadar-ghluasad cothromach gu cothromachadh-carboin, agus ath-nuadhachadh nàdair. Tha e aig cridhe a' bhun-bheachd 'eadar-ghluasad cothromach' gum feum taic a bhith aig coimhearsnachdan agus aig a' phoball san fharsaingeachd san eadar-ghluasad. Tha e na phàirt chudromach de seo a bhith a' dèanamh cinnteach gum faigh coimhearsnachdan buannachd bho thasgadh ann an calpa nàdarra na h-Alba, ge b' e an ann gu dìreach tro sealbh, no tro chom-pàriteachadh agus co-obrachadh le uachdarain. Cha bu chòir gnìomhan a thèid a ghabhail gus dèiligeadh ri atharrachadh gnàth-shide agus àrdachadh bith-iomadachd idir a bhith a' toirt dhaoine bhon fhearann.

Tha tòrr den deasbad mu ath-leasachadh fearainn air fòcas a chur air sealbh Coimhearsnachd aig a bheil ròl cudromach ann a bhith a' toirt barrachd iomadachd air sealbh fearainn gu buil, a bharrachd air a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil buannachdan sealbh-fearainn air an co-roinn gu cothromach. Tha Riaghaltas na h-Alba air toirt, agus tha e fhathast a' toirt, taic shusbainteach do phrògraman a tha ag amas air comas choimhearsnachdan a thogail gus am fearann agus na stòrasan a tha a dhìth orra gus soirbheachadh a ghabhail os làimh. Bidh sinn a' dèanamh seo tro raon farsaing de phrògraman air an rianachd le Riaghaltas na h-Alba, a bhuidhnean-gníomha, le com-pàirticean san treas roinn agus le ùghdarrasan ionadail. Tha mòran choimhearsnachdan air taic fhaighinn bho Mhaoin Fearainn na h-Alba againn, a tha a' toirt seachad thabhartasan, an dà chuid gus feumalachdan coimhearsnachd a chomharrachadh agus gus cur ri ceannach stòrasan. Tha sealbh coimhearsnachd mar aon roghainn, ach faodaidh raon de chom-pàriteachasan foirmeil agus neo-fhoirmeil eile buannachd a thoirt do choimhearsnachdan cuideachd. Tha e an urra ri coimhearsnachdan co-dhùnadh dè an dòigh-obrach as fheàrr a fhreagras air na miannan aca: is e an t-amas a th' againn na cothroman a tha rim faotainn a nochdad dhaibh.

Bidh am Bile seo a' cuimseachadh air sealbh agus cleachdadh fearainn ann an Alba dhùthchail. Tha sinn mothachail gu bheil tòrr cheistean co-cheangailte ri fearann ann am bailtean mòra na dùthcha. Tha sinn a' faicinn chothroman gus dèiligeadh ri cuid dhiubh sin anns a' Bhile Togail Beartas Coimhearsnachd againn a tha ri thighinn.

Bidh ceumannan ùra sa Bhile gu tur co-chòrdail ri reachdas chòraichean daonna agus taobh a-staigh nan cumhachdan tiomnaichte.

Le ùmhachd do na beachdan a nochdas mar fhreagairt dhan cho-chomhairle seo, nì am bile seo na leanas:

- Neartaichidh e an Aithris air Còraichean is Dleastanasan Fearainn

- Bheir e a-steach planaichean stiùiridh riatanach;
- Nì e cinnteach gu bheilear a' beachdachadh air leas a' phobaill nuair a thèid sealbhachdan fearainn mòra eadar-ghluasad;
- Bheir e a-steach riatanasan ùra gus cothrom fhaighinn air maoineachadh poblach airson gniomhachd stèidhichte air an fhearann;
- Bheir e a-steach Teanantachd Cleachdaidh Fearainn ùr;
- Ùraichidh e reachdas luchd-seilbh beaga;
- Cuiridh e ri follaiseachd a thaobh sealbh fearainn agus cleachdadh fearainn.

Tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd airson am Bile seo a chleachdad gus coimhead air cùisean nas fharsainge a tha ag èirigh bhon fhàs ann am margaidhean calpa nàdarra. Mar sin tha a' cho-chomhairle seo a' fosgladh cheistean mu cheumannan fiosgail a dh'fhaodadh a bhith ann agus mu bhuannachd coimhearsnachd. Le ùmhachd do na freagairtean, dh'fhaodadh molaidhean a bhith air an toirt a-steach dhan reachdas seo, ach tha modhan-obrach eadar-dhealaichte an sàs airson a bhith a' gabhail ceumannan cìse ùra sam bith.

Nì am Bile seo cuideachd ùrachadh air reachdas a thaobh gabhaltasan beaga mar phàirt den phrògram againn airson ath-leasachadh fearainn.

Tha an raon reachdais seo iom-phillte, cha deach atharrachadh bho thràth san 20th linn agus tha e a' buntainn ri àireamh bheag de ghabhaltasan fa leth a tha mar as trice air an cruinneachadh ann am páirtean sònraichte de dh'Alba. Bidh sinn a' dèanamh co-chomhairleachadh poblach eile leis a' bhuidhinn de dhaoine fa leth agus de luchd-ùidh air an toir na h-atharrachaidhean a tha san amharc buaidh; bidh seo na phàirt den phròiseas co-chomhairleachaidh airson Bile Ath-leasachadh an Fhearinne, ged nach eil e na phàirt de phriomh cho-chomhairle a' Bile.

Thèid ceistean mu ath-leasachadh òrdughan ceannach èigneachail a thoirt air adhart ann am Bile Togail Beartas nan Coimhearsnachdan nas fhaide air adhart sa Phàrlamaid seo.

Pàirt 3: Tar-shealladh

Tha grunn mholaidhean anns a' cho-chomhairle seo airson a chur a-steach dhan ath Bhile. A bharrachd air sin, tha sinn cuideachd ag iarraidh air luchd-freagairt beachdan a thoirt dhuinn air beachdan agus molaidhean eile, a dh'fhaodadh a bhith air an gabhall a-steach sa Bhile.

Tha a' chiad trì molaidhean a chuir sinn air adhart ag amas air dèiligeadh ri cùisean co-cheangailte ri sgèile agus dùmhlachd seilbh fearainn ann an Alba. **Tha e nar rùn gum biodh na molaidhean seo an sàs airson sealbhachdan fearainn mòr , agus san fharsaingeachd, nach biodh iad an sàs airson sealbhachdan fearainn nas lugha agus tuathanasan teaghlaich.** Mar sin bidh sinn a' sireadh bheachdan air na slatan-tomhais airson a bhith a' mìneachadh shealbhachdan fearainn air 'sgèile mhòr' ann am Pàirt 4 den cho-chomhairle seo, agus an uair sin thathar a' coimhead air na trì molaidhean a leanas a dh'fhaodadh am mìneachadh seo a bhith stèidhichte air:

- A' neartachadh na h-Aithris air Còraichean is Dleastanasan Fearainn (Pàirt 5);
- Planaichean Stiùiridh Fearainn Èigneachail (Pàirt 6); agus
- Ceumannan gus a' mhargaidh ann an sealbhachdan fearainn mòra a riaghladh (Pàirt 7).

Tha e na rùn daingeann aig Riaghaltas na h-Alba "cothromachadh-carboin" a thoirt gu buil tro eadar-ghluasad cothromach. Gus seo a dhèanamh, feumar atharraichean a dhèanamh ann an cleachdadadh fearainn, gnìomh a ghabhall air ath-bheothachadh nàdair agus bith-iomadachd. Feumaidh sinn dèanamh cinnteach gu bheil an fheadhainn a tha a' faighinn airgead poblach a' coinneachadh ri dùilean a' phobaill a thaobh nan amasan sin.

Tha sinn ag amas air dèanamh cinnteach gur iadsan leis na guailnean as fharsainge a bhios a' giùlan an eallach as mothà, a thaobh coileanadh nan amasan sin. Tha dealas seasmhach againn gu sònraichte dèanamh cinnteach nach bi tuathanaich a tha nan teantan fo anacothrom leis na h-oidhirpean againn gus dèiligeadh ris na cùisean sin. Mar sin tha sinn a' moladh na ceumannan a leanas a chur sa Bhile:

- Cùmhnantan ùra air an fheadhainn a tha a' faighinn maoineachadh poblach airson gnìomhachd stèidhichte air fearann (Pàirt 8); agus
- Teantanachd Cleachdaidh Fearainn ùr do thuathanaich teantanach (Pàirt 9).

Ann am pàirt 10 bidh sinn a' faighneachd do luchd-freagairt a bheil iad airson a bhith an sàs ann an co-chomhairleachadh air gabhaltasan beaga san àm ri teachd. Ann am Pàirt 11 bruidhnidh sinn air trìd-shoilleireachd a thaobh cò leis a tha fearann na h-Alba, cò aig a bheil smachd air, agus cò a tha a' faighinn buannachd às, agus nì sinn sgrùedadadh an gabh barrachd a dhèanamh. Mu dheireadh, ann am Pàirt 12 tha sinn a' sireadh bheachdan air raon de dh'ath-leasachaidhean co-cheangailte ri fearann.

Pàirt 4: Slatan-tomhais airson sealbhachdan fearainn mòra

Tha na molaidhean a tha air am mìneachadh ann am Pàirtean 5 gu 7 ag amas air aghaidh a chur air cùisean co-cheangailte ri meud agus dùmhachd sealbh fearainn ann an Alba. Tha na molaidhean ag amas air leas a' mhòr-shluagh agus choimhearsnachdan ionadail a chothromachadh le leas agus còraichean uachdarain fa leth.

Chan eil sinn airson dleastanasan neo-chothromach a chur air an fheadhainn aig a bheil sealbhachdan fearainn beaga, no tuathanasan teaghlaich, gu sònraichte nan cuireadh an t-uallach rianachd seo ana-cothrom orra an coimeas ri sealbhachdan fearainn nas motha le barrachd luchd-obrach agus comas. Tha sinn den bheachd gum biodh e co-rèireach gum biodh na molaidhean a tha air am mìneachadh ann am Pàirtean 5 gu 7 a' buntainn ri sealbhachdan fearainn 'air sgèile mhòr' a-mhàin.

Tha grunn chûisean co-cheangailte ri bhith a' mìneachadh sealbhachdan fearainn 'air sgèile mhòr'. Chan eil e cho simplidh ri bhith a' cur nam molaidhean an sàs a-mhàin do shealbhachdan fearainn nas motha na meud sònraichte. Ma chleachdas tu an dòigh-obrach seo dh'haodte nach biodh e a' beantainn ri suidheachaidhean far a bheil dùmhachd sealbhachadh fearainn, leithid uachdaran aig a bheil a' mhòr-chuid den fhearann air eilean. Tha sinn a' moladh nan slatan-tomhais a leanas a chleachdad gus fearann a chomharrachadh mar shealbhachdan fearainn 'sgèile mhòr' mar a leanas:

- ìre stèidhichte de 3,000 heactair
- Fearann a tha a' dèanamh suas còrr air ceudad stèidhichte de shòn dàta (no sònraichean dàta ri thaobh) no uàrd(an) ùghdarris ionadail air an comharrachadh mar Sgìre Dhùthchail Ruiginneach no Sgìre Dhùthchail lomallach, tron [sgeama seòrsachaидh bailteil/dùthchail sia-fhillte](#) againn.
- Fearann a tha a' dèanamh suas barrachd air cuibhreann as ingle sònraichte de dh'eilean air a bheil daoine a' fuireach gu maireannach

Bhiodh sealbhachdan fearainn a bha a rèir co-dhiù fear de na slatan-tomhais air a mheas mar shealbhachdan fearainn 'air sgèile mhòr'. Airson cùisean a dhèanamh simplidh, tha sinn a' moladh gun tèid na h-aon slatan-tomhais a chleachdad gus faighinn a-mach a bheil sealbhachdan fearainn 'air sgèile mhòr' airson nam molaidhean uile a tha air am mìneachadh ann am Pàirtean 5 gu 7.

Tha sinn a' moladh gum biodh 3,000 heactair na stairsneach iomchaidh airson a' chiad slat-tomhais air ainmeachadh gu h-àrd. Chaith an stairsneach seo fhiorsrachadh le dàta a th' air a chumail air tiotalan fearainn is seilbh le Clàran na h-Alba (RoS). Bu chòir tiotalan seilbh uile a chaidh a thar-ghluasad airson suim (leithid atharrachadh san tiotal mar thoradh air an sealbh a bhith air a reic) bho 1 Giblean 2003 a bhith sa Chlàr Fearainn.

Bhon Chèitean 2022, bha fiosrachadh tiotal ann an Clàr an Fhearinneir airson mu 48.9% de dh'fhearann uile na h-Alba. Bithear den bheachd gu bheil an Clàr Fearainn 'còlochnaichte gu h-obrachail' nuair a bhios am fearann agus na toglaichean gu lèir a tha air am malairt gu tric air an clàradh. An-dràsta, tha 86.9% den fhearann is de na toglaichean a thathar an dùil a thèid a mhalaire gu cunbalach anns a' chlàr. Chan eil

taigheadas sòisealta agus cuid de dh'fhearann is oighreachdan mòra air an gabhail a-steach anns an staitistig seo oir is ann ainneamh a bhios iad air an reic, ma bhios iad air an reic idir. Ged nach eil an Clàr Fearainn coileanta fhathast, 's e an clàr as coileanta agus as ùire a th' againn air sealbh fearainn is thogalaichean ann an Alba.

Sa Chèitean 2022, tha dàta RoS a' sealltainn gun robh còrr is 3,000 heactair aig 386 de na 1.86 millean tiotal ann an Clàr Fearainn na h-Alba. Tha na tiotalan seo a' gabhail a-steach 1.62 millean heactair de thalamh, co-ionann ri 20.2% de thalamh ionlan na h-Alba. Thoir an aire nach eil na figearan seo stèidhichte a-mhàin air sealbh fearainn agus gu bheil iad a' gabhail a-steach m.e. càraichean-slighe agus sealbh co-roinnte. Mar sin, dh'fhaodte gu bheil na figearan beagan ro àrd.

Bha 96.8% den 1.62 millean heactair de thalamh aig an robh tiotalan le còrr air 3,000 heactair sa Chlàr Fearainn air a chomharrachadh dùthchail, ach bha nas lugha na 0.05% air a chomharrachadh mar bhailteil a rèir na [sgeama seòrsachaidh dùthchail/bailteil dà-fhillte](#) againn. Thoir fa-near, fon sgeama seòrsachaidh dà-fhillte, gu bheil bailtean-mòra beag ruigsinneach agus bailtean-mòra beag iomallach air an gabhail a-steach dhan t-seòrsachadh bailteil. Bha an còrr den fhearrann nach robh air a chomharrachadh an dàrna cuid mar dhùthchail no bailteil taobh a-muigh criochan na sgeama seòrsachaidh dà-fhillte.

Leis gu bheil an Clàr Fearainn neo-choileanta an-dràsta, agus gu bheil uireasbhaidh leis an dàta air tiotalan fearainn is oighreachdan mòra, tha sinn cuideachd air beachdachadh air a' bhuaidh a bhiodh aig cleachdadheachan 3,000 heactair a' cleachdadheachan dàta a tha air a chumail leis an t-Siostam Rianachd is Smachd Amalaichte (*Integrated and Control Systems - IACS*). . Tha IACS a' clàradh dàta air a h-uile gnìomhachas le talamh àiteachais no neo-àiteachais ann an Alba a gheibh subsadaidhean poblach. An-dràsta tha 19,292 gnìomhachas clàraichte le IACS le sealbhachdan fearainn a tha a' gabhail a-steach 70% den fhearrann ann an Alba. De na 19,292 gnìomhachas clàraichte le IACS, tha sealbhachdan fearainn nas mothach na 3,000 heactair aig 255 (1.3%), agus tha sealbhachdan fearainn nas lugha na 1,000 heactair aig 95%.

Tha an dàta bhon Chlàr Fearainn agus IACS a' cuideachadh gus sealltainn gum biadh cleachdadheachan 3,000 heactair mar fhear de na slatan-tomhais airson a bhith a' comharrachadh sealbhachdan fearainn 'sgèile mhòr' na thomhas iomchaidh. Le bhith a' cleachdadheachan na stairsnich seo, cha bhiodh sinn a' cur dleastanasan neo-chothromach air gabhaltasan beaga no tuathanasan teaghlaich. An àite seo, bhiodh an riataras cumail ris na molaidhean a tha air am mìneachadh ann am Pàirtean 5 gu 7 air sealbhachdan fearainn aig a bheil sealbh air cuibhreann nach beag den mhòr-thìr ann an Alba agus a tha mar-thà a' faighinn buannachd às an fhearrann. Chaith na slatan-tomhais a bharrachd a mholadh gus uachdarain mhòra a sheòrsachadh gus cuideachadh le dèiligeadh ri cùisean co-cheangailte ri dùmhachd sealbhachdan fearainn.

Ceistean

C1. A bheil thu ag aontachadh no ag eas-aontachadh leis na slatan-tomhais a tha air am moladh airson a bhith a' comharrachadh sealbhachdan fearainn mar shealbhachdan fearainn air 'sgèile mhòr':

a) stairsneach stèidhichte de 3,000 heactair

Ag aontachadh / ag eas-aontachadh / Chan eil fios agam

b) Fearann a tha a' dèanamh suas còrr air ceudad stèidhichte de shòn dàta (no sònaichean dàta ri thaobh) no uàrd(an) ùghdarris ionadail air an comharrachadh mar Sgìre Dhùthchail Ruiginneach no Sgìre Dhùthchail lomallach, tron sgeama seòrsachaidh bailteil/dùthchail sia-fhillte againn.

Ag aontachadh / ag eas-aontachadh / Chan eil fios agam

c) Fearann a tha a' dèanamh suas barrachd air cuibhreann as ìseòl sònraichte de dh'eilean air a bheil daoine a' fuireach gu maireannach

Ag aontachadh / Ag eas-aontachadh / Chan eil fhios agam

Thoir seachad beagan adhbharan airson do fhreagairt agus mìnich slat-tomhais sam bith a bharrachd:

C2. A bheil thu ag aontachadh no ag eas-aontachadh gum bu chòir tuathanasan teaghlaich a bhith air an saoradh bho na molaidhean a tha air am mineachadh ann am Pàirtean 5 gu 7 fiù 's ged a bhiodh iad air an seòrsachadh mar shealbhachdan fearainn 'air sgèile mhòr'?

Ag aontachadh / Ag eas-aontachadh / Chan eil fhios agam

Thoir seachad beagan adhbharan airson do fhreagairt:

C3. A bheil thu den bheachd gum bu chòir na molaidhean anns a' cho-chomhairle a chur an sàs ann an co-theacs bailteil.

Tha/ Chan eil / Chan eil fhios agam

Thoir seachad beagan adhbharan airson do fhreagairt:

Pàirt 5: A' neartachadh na h-Aithris air Còraichean is Dleastanasan Fearainn

Aithris air Còraichean is Dleastanasan Fearainn

Chuir Pàirt 1 de dh'Achd Ath-leasachadh an Fhearainn 2016 riatais air Ministearan na h-Alba aithris fhoillseachadh air còraichean agus dleastanasan fearainn.

Chaidh [Aithris Còraichean is Dleastanasan Fearainn](#) (*Land Rights and Responsibilities Statement* - LRRS) fhoillseachadh ann an 2017, anns a bheil lèirsinn agus sia prionnsapalan. Tha an Aithris cuideachd a' faighinn taic bho nòtaichean comhairleachaidh, eisimpleirean de sgrùdaidhean cùise, agus sreach de [phròtacalan](#) deagh chleachdad a chaidh a chruthachadh bho chionn ghoirid le Coimisean Fearainn na h-Alba.

Is iad seo na ceithir amasan anns an Aithris air Còraichean is Dleastanasan Fearainn:

- cruthachadh poileasaidh Riaghaltas na h-Alba fhiosrachadh a thaobh fearann;
- brosnachadh agus taic a thoirt do dhaoine eile le uallaichean cudromach a thaobh fearainn, leithid ùghdarrasan ionadail agus uachdarain mòra priobhaideach, gus beachdachadh air mar a dh'fhaodadh na cumhachdan co-dhùnaidh aca cur ri bhith a' toirt na lèirsinn san Aithris gu buil; agus
- gar brosnachadh uile gu bhith ag aithneachadh ar dleastanasan cho math ri ar còraichean a thaobh fearainn.

Tha an LRRS, agus na notaichean comhairleachaidh agus protocàlan co-cheangailte ris, saor-thoileach aig an àm seo. Airson a bhith ag obrachadh mar as còir, feumaidh manaidsearan fearainn pàirt a ghabhail ann.

Tha an sreach de [phròtacalan](#) aig Coimisean Fearainn na h-Alba a' toirt seachad comhairle phractaigeach air mar as urrainn do dh'uachdarain, manaidsearan fearainn agus coimhearsnachdan obrachadh còmhla gus co-dhùnaidhean nas fheàrr agus nas cothromaiche a dhèanamh a thaobh cleachdad fearainn. Chaidh na protacalan a chruthachadh ann an co-bhonn ri priomh luchd-ùidh, a' gabhail a-steach Buidheann Comhairleachaidh Deagh Chleachdad aig Coimisean Fearainn na h-Alba. Bidh a' Bhuidheann seo a' comharrachadh agus a' beachdachadh air deagh chleachdad a dh'fhaodadh taic a chumail ri buileachadh agus adhartachadh an LRRS.

Tron Phrògram Deagh Chleachdad ann an 2019-2020 thug Coimisean Fearainn na h-Alba taic do chòrr is 150 uachdaran agus coimhearsnachd gus an cuideachadh le bhith a' cur nam protacalan an gnìomh ann an Alba dhùthchail agus bhailteil. Am measg nan com-pàirtichean bha uachdarain priobhaideach, buidhnean poblach, uachdarain coimhearsnachd, buidhnean àrainneachd neo-riaghaltais agus buidhnean creideimh.

Thèid pròiseas ath-bhreithneachaidh a chumail le Riaghaltas na h-Alba air an LRRS a h-uile còig bliadhna. Chaidh co-chomhairle air a' chiad lèirmheas a chur air bhog air 5 Samhain 2021 agus dhùin i air 28 Faoilleach 2022. Tha dùil gum bi an t-ath-

sgrùdadh deiseil ron t-Sultain 2022, agus ron cheann-latha sin feumaidh Ministearan na h-Alba na molaidhean aca airson atharrachadh, no na h-adhbharan aca gun a bhith a' dèanamh atharrachaidhean sam bith air an LRRS, a chur fa chomhair Pàrlamaid na h-Alba. Nuair a chaigh molaidhean iarraidh airson molaidhean a dh'haodadh cur ri gabhail ris an LRRS, chuir grunn luchd-freagairt am beachd an cèill gun robh feum air barrachd cumhachd stiùiridh a bhith aig Ministearan na h-Alba a thaobh gèilleadh ris an LRRS.

Na tha sinn a' moladh

Tha Buidheann Comhairleachaidh an Deagh Chleachdaidh a' brosnachadh an LRRS gu soirbheachail, ach tha laigsean aig an dòigh-obrach saor-thoileach. Tha sinn ag aithneachadh gu bheil mòran uachdarain a' cumail ris an LRRS, ach tha cuid de dh'uachdarain ann nach eil, a dh'aindeoin 's gu bheil e soilleir gu bheil an LRRS a chùm leas a' phobaill.

Tha sinn a' moladh ceumannan a thoirt a-steach a chuireadh dleastanas laghail air uachdarain mòra cumail ris an LRRS agus na còdan/pròtacalan co-cheangailte ris. An cois seo bhiodh pròiseas reachdail gus breithneachadh a dhèanamh air gearanan mu neo-ghèilleadh agus a' freagairt air brisidhean. Bhiodh e air a dhaingneachadh le Còdan Cleachdaidh/pròtacalan reachdail air cùisean buntainneach, coltach ri modail Còdan Cleachdaidh Coimiseanair nan Tuathanachas Mìl. Bhiodh comas aig pàrtaidhean comharrachte cunntas a thoirt air brisidhean air na còdan/pròtacalan agus do Choimiseanair rannsachadh agus aithris a dhèanamh gu poblach air na co-dhùnaidhean aca. Chan eil sinn an dùil gum bi e comasach do bhuill den phoball san fharsaingeachd aithris a dhèanamh air brisidhean den LRRS: Bhiodh "pàrtaidhean comharrachte" cuingealaichte ri buidhnean stèidhete le aon de na raointean-ùghdarrais a leanas: coimhearsnachd, carthannas no seirbheis phoblach. Dh'fheumadh ceangal a bhith aca ris an sgìre ionadail.

Far an tèid sgrùdadh a dhèanamh air briseadh, tha sinn a' moladh gum faodadh aon no barrachd de na builean a leanas a bhith ann:

- Moladh airson pròiseas eadraiginn
- Moladh air mar a b' urrainn dhan uachdaran no buidheann riaghlaidh cumail ris na Còdan Cleachdaidh/pròtacalan
- Stiùireadh dhan uachdaran no dhan bhuidhinn-riaghlaidh atharrachaidhean a chur an gniomh air cleachdaidhean obrachaidd agus/no riaghlaidh
- Dh'haodadh an toradh a bhith air a thoirt fa-near ann an deuchainn leas poblach sam bith às dèidh sin

A thaobh cumhachdan smachdachaidh, dh'haodadh seo a bhith a' gabhail a-steach.

- Peasanan ionmhais
- Peasanan 'tar-ghèillidh' (*cross-compliance*) (air a bheil beachdachadh nas mionaidiche ann am Pàirt 8): bhiodh seo a' ciallachadh gum faodadh casg a chur air sealbhadair a bhris an LRRS agus gin de na còdan/pròtacalan co-cheangailte ris bho bhith a' faighinn cothrom air subsadaidhean Riaghaltas na h-Alba stèidhichte air fearann.

Carson a tha sinn a' moladh seo

Bu mhath leinn gum biodh na buannachdan follaiseach a thàinig gu bith tro phròtacalan LRRS, agus obair Buidheann Comhairleachaidh Deagh Chleachdad, uile-choitcheann. Bheireadh riatanas air uachdarain mhòra cumail ris an LRRS buannachdan do dh'Alba aig grunn diofar ìrean. Aig an ìre nàiseanta, chuireadh e ris a' mhisean 'Eadar-ghluasad cothromach gu cothromachadh-carboin' againn. Aig ìre ionadail, chuireadh e ris an dòigh-obrach againn a thaobh [Togail Beartas Coimhearsnachd](#), agus bheir e piseach air dàimhean eadar uachdarain agus coimhearsnachdan. Dh'haodadh e cuideachd buannachdan eaonamach a thoirt seachad aig ìre nàiseanta is ionadail.

Bheireadh gèilleadh ris an LRRS dearbhadh dhan phoball agus dhan riaghaltas gu bheil uachdarain a' cluich am pàirt ann a bhith a' lìbhrigeadh amasan poileasaidh an riaghaltas airson cothromachadh-carboin, bith-iomadachd agus eadar-ghluasad cothromach, agus aig an aon àm gu bheil iad a' cumail ri còdan eile, leithid Còd nan Tuathanachas Màiil.

Ceistean

C4. Tha sinn a' moladh gum bu chòir dleastanas a bhith air uachdarain air sgèile mhòr cumail ri Aithris Còraichean is Dleastanasan an Fearainn agus ris na pròtacalan co-cheangailte ris. A bheil thu ag aontachadh no ag eas-aontachadh leis a' mholadh?

Ag aontachadh/ Ag eas-aontachadh/ Chan eil fhios agam

Thoir seachad beagan adhbharan airson do fhreagairt:

C5. Nam biodh dleastanas laghail air uachdarain air sgèile mhòr cumail ri Aithris Còraichean is Dleastanas Fearainn is ris na pròtacalan co-cheangailte ris, tha sinn a' moladh gum bu chòir seo a bhith air a cho-èigneachadh le modh foirmeil airson gearanan a thogail, agus le bhith a' dèanamh ullachaidhean airson breithneachadh agus cho-èigneachadh neo-eisimeileach.

a) A bheil thu ag aontachadh no ag eas-aontachadh ris a' mholadh gu h-àrd?

Ag aontachadh / Ag eas-aontachadh / Chan eil fhios agam

Thoir seachad beagan adhbharan airson do fhreagairt:

b) A bheil thu ag aontachadh no ag eas-aontachadh gur e buidhnean stèidhte aig a bheil ceangal ris an sgìre ionadail no ris an àrainneachd nàdarra a-mhàin a bu chòir a bhith comasach air cunntas a thoirt air brisidhean Aithris Còraichean is Dleastanas Fearainn?

Ag aontachadh / Ag eas-aontachadh / Chan eil fhios agam

Am bu chòir raon-ùghdarrais a bhith aig na buidhnean stèidhte seo a thaobh:

- Coimhearsnachd
Ag aontachadh / Ag eas-aontachadh / Chan eil fhios agam
- Carthannas
Ag aontachadh / Ag eas-aontachadh / Chan eil fhios agam
- Seirbheis phoblach
Ag aontachadh / Ag eas-aontachadh / Chan eil fhios agam

Thoir seachad beagan adhbharan airson do fhreagairt agus beachd sam bith a bharrachd a th' agad:

c) A bheil thu a' smaoineachadh gum bu chòir an t-uallach airson a bhith a' sgrùdadh agus a' dèiligeadh ri gearanan a bhith air:

- Riaghaltas na h-Alba
Tha / Chan eil/ Chan eil fhios agam
- buidheann phoblach (mar eisimpleir Coimisean Fearainn na h-Alba)
Tha/ Chan eil / Chan eil fhios agam

Thoir seachad beagan adhbharan airson do fhreagairt agus beachd sam bith a bharrachd a th' agad:

d) Am bu chòir an toradh a dh'fhaodadh a bhith ann bho sgrùdadh air briseadh a bhith mar a leanas:

- Moladh airson pròiseas eadraiginn
Bu chòir/ Cha bu chòir / Chan eil fhios agam
- Moladh air mar a b' urrainn dhan uachdaran no buidheann riaghlaidh cumail ris na Còdan Cleachdaidh/pròtacalan
Bu chòir/ Cha bu chòir / Chan eil fhios agam
- Stiùireadh dhan uachdaran no dhan bhuidhinn-riaghlaidh atharrachaidhean a chur an gniomh air cleachdaidhean obrachaidh agus/no riaghlaidh
Bu chòir/ Cha bu chòir / Chan eil fhios agam

Thoir seachad beagan adhbharan airson do fhreagairt agus beachd sam bith a bharrachd a th' agad:

e) Am bu chòir na cumhachdan èigneachaidh airson briseadh a bhith mar:

- Peanasan ionmhais
Bu chòir/ Cha bu chòir / Chan eil fhios agam
- Peanasan tar-ghèillidh (*cross-compliance*)
Bu chòir/ Cha bu chòir / Chan eil fhios agam

Thoir seachad beagan adhbharan airson do fhreagairt agus beachd sam bith a bharrachd a th' agad:

C6. A bheil thu den bheachd gum biodh buannachdan dhan choimhairsnachd ionadail bhon mholadh gus Aithris Còraichean is Dleastanasan Fearainn agus na pròtacalan co-cheangailte ris a dhèanamh nan dhleastanas laghail airson uachdarain mòra?

Tha/ Chan eil / Chan eil fhios agam

Thoir seachad beagan adhbharan airson do fhreagairt:

C7. A bheil beachd sam bith eile agad mun mholadh gus Aithris Còraichean is Dleastanasan Fearainn agus na pròtacalan co-cheangailte ris a dhèanamh nan dhleastanas laghail airson uachdarain air sgèile mhòr?

Pàirt 6: Planaichean Stiùiridh Fearainn Riatanach

Planaichean Stiùiridh Fearainn

Ge b' e dè cho mòr 's a tha sealbhachdan fearainn, chan eil riatacas laghail sam bith aig an àm seo air uachdarain fiosrachadh a thoirt dhan phoball mu na planaichean stiùiridh meadhan-ùine is fad-ùine aca airson an fhearinne aca. A dh'aindeoin seo, tha cuid de dh'uachdarain mòra thar gach roinn ag ullachadh agus a' foillseachadh phlanaichean a tha a' mìneachadh rùintean an uachdarain a thaobh cleachdad agus riaghlaigh an fhearinne aca, agus mar a nì iad tasgadh na leasachadh.

Gus an Deagh Chleachdad seo a bhrosnachadh agus a chur an comas, tha Coimisean Fearainn na h-Alba air [teamplaidean airson Stiùireadh Fearainn](#) a chruthachadh. A bharrachd air a bhith a' toirt seachad fiosrachadh mu cò leis a tha agus cò a bhios a' riaghlaigh an fhearinne, tha earrannan anns an teamplaidean a tha a' toirt geàrr-chunntas air priomh amasan stiùireadh fearainn còmhla ri priomh ghniomhan agus phriomhachasan. Tha an teamplaidean ag amas air uachdarain agus manaidsearan a chuideachadh gus fiosrachadh ionchaidh a chur ri chèile a bhios ri fhaighinn air-loidhne dhan choimhairsnachd ionadail.

Na tha sinn a' moladh

Bidh cuid de dh'uachdarain a' foillseachadh phlanaichean agus sgriobhainnean ro-innleachd gu for-ghniomhach mar-thà, ach chan e cleachdad uile-choitcheann a tha seo. Tha sinn den bheachd gu bheil e reusanta a bhith an dùil gum bu chòir sealbhachd fearainn mòr sam bith plana stiùiridh ullachadh agus fhoillseachadh. Is e adhbhar a' phlana:

- sealtainn mar a chuireas an sealbhadairean a' gniomh na prionnsapalan a tha air am mìneachadh ann an Aithris Còraichean is Dleastanasan Fearainn (LRRS);
- sealtainn mar a bhios fearann air a chleachdad agus air a riaghlaigh gus riatacasan (ri bhith air am mìneachadh ann an còdan/pròtacalan LRRS) a choileanadh airson riaghlaigh seasmhach, a' cur ri cothromachadh-carboin agus amasan ath-nuadhachadh nàdair;
- am planaichean a mhìneachadh airson mar a thèid iad an sàs le coimhairsnachdan ionadail a rèir Stiùireadh Riaghaltas na h-Alba air Compàirteachadh Choimhairsnachdan ann an Co-dhùnaidhean Co-cheangailte ri Fearann;
- a' toirt cothrom do shealbhadairean a bhith a' cur ri follaiseachd nan amasan is nan gniomhan aca; agus
- mìneachadh mar a tha iad sin ceangailte ri priomhachasan ionadail, cothroman, agus poileasaidh poblach.

Tha sinn a' moladh gum bu chòir do na planaichean sealtainn mar a tha riaghlaigh an fhearinne a' cur ri cleachdad fearainn ionchaidh, priomhachasan agus cothroman leasachaidh eaconamach is coimhairsnachd, mar a tha air am mìneachadh ann am planaichean coimhairsnachd, ro-innleachdan cleachdad fearainn roinneil, agus poileasaidh nàiseanta.

Dh'fhaodadh planaichean a bhith nam meadhan chan ann a-mhàin gus a bhith a' sealltann mar a chuireas cleachdad agus riaghlaigh fearainn ri lùghdachadh eimiseanan carbon agus/no ri ath-nuadhachadh nàdair, ach bhiodh e cuideachd na inneal airson sùil a chumail air seo. Dh'fhaodadh riatanas a bhith ann fiosrachadh a bhith ann am planaichean mu fhearann a bhiodh air a chleachdad airson adhbharan a dhèanadh teachd-a-steach bho fhrith-chothromachadh carbon (*carbon offsetting*)/creideasan carboin.

Tha sinn a' moladh gum bu chòir an riatanas gus planaichean stiùiridh fhoillseachadh a bhith air a chur an sàs tro raon de dhòighean tar-ghèillidh, leithid a bhith riatanach gus maoineachadh poblach fhaighinn airson gnìomhachd air an fhearann. Fon dòigh-obrach seo, dh'fheumadh uachdarain dearbhadh gu bheil Plana Stiùiridh ùr aca ma iad gu bhith ion-roghnach airson maoineachadh poblach. Tha barrachd deasbad air a' mholadh seo ann am Pàirt 8.

Gus dùblachadh neo-riatanach a sheachnad, nì sinn sgrùdadh air a' chomas a th' ann a bhith a' daingneachadh riatanas sam bith airson Planaichean Stiùiridh a thig a-steach tron Bhive seo, le Plana sam bith a dh'fhaodadh a bhith riatanach gus tabhartasan agus subsadaidhean fhaighinn.

Carson a tha sinn a' moladh seo

Tha sinn den bheachd gu bheil an riatanas air sealbhachdan fearainn air sgèile mhòr a bhith a' foillseachadh am planaichean airson a bhith a' stiùireadh an fhearann aca a' brosnachadh follaiseachd agus aithne gum feum fearann a bhith air a stiùireadh a chùm leas a' phobaill, a bharrachd air amasan priobhaideach. Bidh e na bhunait airson conaltradh coimhearsnachd ionadail agus bheir e cothrom dhan phoball tuigse fhaighinn air mar a thathar a' cleachdad agus mar a thèid a chleachdad san àm ri teachd. Maothaichidh e cuid de na cunnartan co-cheangailte ri dùmhlaichd sealbh fearainn/sealbh fearainn aig sgèile mhòr. Bhiodh planaichean aig ire àrd/ro-innleachdail, bhiodh iad air an ath-sgrùdadh agus air an ùrachadh bho àm gu àm, mar eisimpleir a h-uile còig bliadhna, no ma thig atharrachadh mòr.

Bheir foillseachadh phlanaichean cothrom do dh'uachdarain am planaichean airson tasgadh san fhearann aca a mhìneachadh gus an cuir e nas urrainn dha ri amasan poileasaidh poblach, leithid cothromachadh-carboin, cumhachd ath-nuadhachail, ath-nuadhachadh nàdair, eadar-ghluasad cothromach agus buannachd coimhearsnachd. Gheibh uachdarain buannachd bho bhith comasach air sealltann gu bheil iad nan stiùirichean cunntachail cùramach air an fhearann aca.

Chaidh aon eisimpleir de phlanaichean stiùiridh airson sealbhachdan fearainn air sgèile mhòr a chruthachadh san roinn phoblaich le Coilltearachd agus Fearann Alba (FLS), a bhios a' foillseachadh agus a' co-chomhairleachadh air planaichean airson nan coilltean aca aig irean nàiseanta, roinneil agus ionadail. Tha còrr is 300 Plana Stiùiridh Fearainn ionadail aig FLS agus bidh iad gan ath-sgrùdadh agus a' co-chomhairleachadh gu cunbalach le coimhearsnachdan agus luchd-ùidh eile. Tha gach plana ionadail a rèir an fhrèam a tha air a mhìneachadh ann an [Ro-innleachd Coilltearachd na h-Alba 2019 gu 2029](#) agus a' coileanadh riatanasan Inbhe

Barantachd Coille na RA, an inbhe teisteanais neo-eisimeileach airson a bhith a' dearbhadh stiùireadh seasmhachd choilltean san RA.

Bidh Coilltearachd agus Fearann Alba a' cleachdad a Ro-innleachd agus nam planaichean ionadail aca gus na coilltean agus am fearann nàiseanta gu h-iomlan a chumail fo sgrùdad, a' gabhail a-steach a bhith a' comharrachadh fearann agus maoin nach eil a' lìbhrigeadh amasan ro-innleachdail tuilleadh. Mus tèid maoin sam bith a chuidteachadh bidh Coilltearachd agus Fearann Alba a' cur fios chun nan coimhearsnachdan agus tha mòran air buannachd fhaighinn bho bhith faighinn cothrom air an fhiosrachadh seo gus fearann fhaighinn fo Sgeama Gluasad Stòrasan dhan Coimhearsnachd aig Coilltearachd agus Fearann Alba. Tha timcheall air 90 liosan agus aontaidhean fairmeil aig Coilltearachd agus Fearann Alba le coimhearsnachdan, agus tha mòran ghnìomhan coimhearsnachd gan dèanamh fo Chòd Slighean Dùthchail na h-Alba. Is e glè bheag de choimhearsnachdan a bhios a' toirt air adhart planaichean airson fearann coille air sgèile a ghabhail thairis air sgèile mhòr, ach tha mòran a' faighinn buannachd bhon cothrom a bhith aca sgeamaichean cleachdad ghoireasan beaga a chruthachadh leithid slighean coille, mòr-ionadan coimhearsnachd no leasachaidhean taigheadais dùthchail air sgèile bheag.

Tha sinn ag aithneachadh mar thoradh air a' chunntachalachd phoblach a tha a dhìth air, agus an raon-ùghdarrais is gnìomhan eadar-mheasgte a th' aige, gu bheil cothrom aig Coilltearachd agus Fearann Alba air goireasan cudromach gus taic a thoirt do na pròiseasan dealbhaidh is conaltraidh seo. Chan eil cothrom aig a h-uile uachdar air goireasan den sgèile seo agus bhiodh seo air a thoirt fa-near ann a bhith a' mineachadh na bha a dhìth a thaobh na h-ire mion-fhiosrachaидh a dh'fheumadh a bhith anns na planaichean, a bharrachd air riatanasan co-cheangailte ri conaltradh coimhearsnachd.

Ceistean

C8. Tha sinn a' moladh gum bu chòir dleastanas a bhith air uachdarain mhòra Planaichean Stiùiridh fhoillseachadh. A bheil thu ag aontachadh no ag eas-aontachadh leis a' mholadh?

Ag aontachadh / Ag eas-aontachadh / Chan eil fhios agam

Thoir seachad beagan adhbharan airson do fhreagairt:

C9. Dè cho tric 's a bu chòir Planaichean Stiùiridh fhoillseachadh nad bheachd?

C10. Am bu chòir fiosrachadh a bhith ann am Planaichean Stiùiridh mu na leanas:

- gèilleadh ri Aithris air Còraichean is Dleastanasan Fearainn

Bu chòir/ Cha bu chòir / Chan eil fhios agam

- Com-pàirteachadh coimhearsnachd

Bu chòir/ Cha bu chòir / Chan eil fhios agam

- Planaichean gus eimiseanan a lùghdachadh

Bu chòir/ Cha bu chòir / Chan eil fhios agam

- Ath-bheothachadh nàdair Bu chòir/ Cha bu chòir / Chan eil fhios agam
- Teachd a-steach bho chothromachadh-carboin/creideasan carboin Bu chòir/ Cha bu chòir / Chan eil fhios agam
- Planaichean airson leasachaidhean/gníomhan a chuireas ri leasachadh eacnamaich ionadail agus in-ghabhalach no ri togail beartas coimhlearsnachd

Bu chòir/ Cha bu chòir / Chan eil fhios agam

Thoir seachad beagan adhbharan airson do fhreagairt agus beachd sam bith a bharrachd a th' agad:

C11. A bheil thu a' smaoineachadh gum bu chòir an t-uallach airson planaichean stiùiridh fearainn èigneachail a bhith aig:

- Riaghaltas na h-Alba
 - Tha / Chan eil/ Chan eil fhios agam
- buidheann phoblach (mar eisimpleir Coimisean Fearainn na h-Alba)
 - Tha / Chan eil / Chan eil fhios agam

Thoir seachad beagan adhbharan airson do fhreagairt agus beachd sam bith a bharrachd a th' agad:

C12. A bheil thu den bheachd gum biodh buannachdan dhan choimhlearsnachd ionadail bhon mholadh Planaichean Stiùiridh a dhèanamh nan dleastanasan laghail do dh'uachdarain air sgèile mhòr?

Tha/ Chan eil / Chan eil fhios agam

Thoir seachad beagan adhbharan airson do fhreagairt:

C13. A bheil beachd sam bith eile agad mun mholadh gus Planaichean Stiùiridh a dhèanamh nan dleastanas laghail do dh'uachdarain mhòra?

Pàirt 7: A' riaghladh na margaidh ann an tar-ghluasadan fearainn air sgèile mhòr: Deuchainn Leas a' Phobaill ùr, agus riatanas fios fhoillseachadh gu bheilear an dùil fearann a reic

i. Ullachadh airson Deuchainn Leas Poblach

Bheir na molaidhean a tha air am mìneachadh gu h-àrd ann am páirtean 5 agus 6 barrachd follaiseachd agus cunntachalachd seachad a thaobh planaichean agus gniomhan uachdarain air sgèile mhòr. Bidh iad ag àrdachadh irean conaltraidh coimhairsnachd agus stiùireadh seasmhach fearainn do na h-irean a chithear mar-thà air cuid de dh'oighreachdan. Tha sinn cuideachd dealasach a thaobh ath-leasachaidhean a dhèanamh a chuireas ri iomadachadh sealbh fearainn ann an Alba. Chuir Aonta Taigh Bhòid an tamas againn an cèill gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' beachdachadh air leas a' phobaill nuair a ghluaisear sealbhachdan fearainn gu sònraichte mòr, agus bidh sinn ag amas air ro-bheachd a thoirt a-steach gum bi ceannach coimhairsnachd ann far a bheil an deuchainn leas poblach an sàs, agus far a bheil e iomchaidh sin a dhèanamh.

Tha sinn air a bhith soilleir gum feum molaidhean ùra a bhith co-chosmhail ris an t-sreath de dhòighean reachdail còir-cheannaich a th' aig coimhairsnachdan, gu h-àraidh a' chòir ceannach ro-chasgach a thug Riaghaltas na h-Alba a-steach ann an 2003 (ris an canar "clàradh pàirt 2").

Anns a' [phàipear deasbaid](#) a chaidh fhoillseachadh sa Ghearran 2021, 'Molaidhean reachdail gus dèligeadh ris a' bhuaidh aig dùmhlachd sealbh fearainn na h-Alba', mhòl Coimisean Fearainn na h-Alba gum bu chòir dhan Bhile a tha ri thighinn a bhith a' gabhail a-steach "deuchainn leas a' phobaill airson ceannach fearainn air ire shusbainteach, aig àm gluasaid, gus dearbhadh a bheil cunnart ag èirigh bho bhith a' cruthachadh no a' cumail air le suidheachadh far a bheil cus cumhachd a' dol an leas a' phobaill."

Na tha sinn a' moladh: (1) – Deuchainn Leas a' Phobaill airson tar-ghluasadan fearainn air sgèile mhòr

Tha sinn a' moladh gun toir sinn air adhart moladh Coimisean Fearainn na h-Alba airson Deuchainn Leas a' Phobaill a thoirt air adhart. Ann a bhith a' dèanamh seo bidh grunn chòisean toinnte ri fhuasgladh. Gu sònraichte, mar a bha fior le reachdas ath-leasachaidh fearainn roimhe, tha e ro-chudromach gun gèill molaidhean sam bith ris a' Chairt Eòrpach air Còraichean Daonna (ECHR). Fon ECHR feumaidh adhbhar làidir a bhith ann gus bacadh a chur air na còraichean a tha e a' toirt do dh'uachdarain fearainn.

Tha sinn air molaidhean tùsail a mhìneachadh gu h-ìosal, air an tèid barrachd obair leasachaidh a dhèanamh fhathast às dèidh na co-chomhairle seo.

Dè an t-adhbhar a bhiodh aig Deuchainn Leas a' Phobaill?

'S e an t-adhbhar a bhiodh aig an deuchainn measadh a dhèanamh aig ire tar-ghluasad sealbhachd fearainn air sgèile mhòr am biodh cunnart bho chruthachadh no leantainn air adhart le suidheachadh far a bheil cus cumhachd a' dol an aghaidh leas a' phobaill.

Dè an seòrsa seilbh fearainn a bhiodh anns an raon-ùghdarrais airson deuchainn leas a' phobaill?

Tha sinn a' moladh gum biodh an Deuchainn an sàs airson sealbhachdan fearainn air sgèile mhòr no far an rachadh sealbhachdan fearainn air sgèile mhòr a chruthachadh. Mar a chaidh a chomharrachadh gu h-àrd, ge-tà, tha grunn dòighean ann anns an gabhadh sealbhachdan fearainn a sheòrsachadh mar shealbhachdan fearainn 'sgèile mhòr'. Tha na slatan-tomhais a tha sinn a' moladh gus co-dhùnad a bheil gluasad fearann a' tighinn fon Deuchainn air am mìneachadh ann am Pàirt 4 gu h-àrd. Dh'fhaodte gu bheil sealbhachd fearainn 'air sgèile mhòr' a bhith na sealbhachd a tha mòr mar-thà is a tha gu bhith air a reic, no dh'fhaodte gur e sealbhachd fearainn a bhiodh ann a bhiodh air a chruthachadh le bhith a' ceannach is a' cur fearann eile ris, m.e. le sealbhadairean faisg air làimh. Dh'fhaodadh na gluasadan fearainn seo ceistean ùra a thogail co-cheangailte ri sgèile sealbh fearainn agus dùmhachd cumhachd, agus dh'fhaodadh nach bi ceist sam bith mar seo ag èiridh le cuid eile. Tha sinn ag aontachadh le Coimisean Fearainn na h-Alba gum faod dùthchaileachd, a bharrachd air sgèile, a bhith na adhbhar cunnairt a thaobh na droch bhuaidh aig dùmhachd seilbh. Tha sinn fhathast airson beachdachadh a chluinntinn an gabh slatan-tomhais eile a chruthachadh gus 'dùmhachadh' a mhìneachadh a thaobh choimhearsnachdan. Tha e ro-chudromach, ge-tà, gum bi na slatan-tomhais soilleir, follaiseach agus comasach air an cur an sàs gu cunbalach.

Pròiseas, agus na seòrsaichean eadar-ghluasad no malairt a bhiodh taobh a-staigh an raon ùghdarrais

Mhol Coilltearachd is Fearann Alba an deuchainn leas poblach a chur an sàs dhan neach a dh'fhaodadh am fearann a cheannach, leis an tuigse gum b' urrainn dhan cheannach cur ri sgèile agus dùmhachd sealbhachd fearainn nam biodh fearann aig a' cheannaiche san sgìre mar-thà. Ann an cuid de shuidheachaidhean, tha sinn den bheachd gum faodadh a bhith a' cur na deuchainn air an neach-reic na bu bhuannachdaile ann a bhith a' coileanadh nan amasan ath-leasachadh fearainn againn. Mar sin tha sinn a' moladh dòigh-obrach dhùbailte.

Tha sinn a' moladh gum feumadh an neach-reic sealltainn gun robh iad comasach a dhol air adhart le reic an fhearin. Dh'fhaodadh seo a bhith air a riaghlaidh mar phàirt den phròiseas tar-thabhairt (*conveyancing*), le fiosrachadh ann an robh an sealbh taobh a-staigh sgòp na deuchainn gus nach robh.

Gus nach cruthaichear ceistean dùmhachd ùra, dh'fheumadh deuchainn cuideachd a bhith air a chur air an neach-ceannach, oir dh'fhaodadh gu bheil fearann eile aca mar-thà.

Is e ar namas dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile seòrsa de thar-ghluasad co-cheangailte ri sealbhachdan fearainn air sgèile mhòr air an toirt a-steach dhan deuchainn leas phoblach, ach tha seo dùbhlach. Cha ghabhadh deuchainn a bha na phàirt den phròiseas tar-thabhairt foirmeil, no a bha na riatanas airson Clàradh Fearainn ann an Alba, tar-ghluasadan a-steach nach eil fo ùmhachd tar-thabhairt foirmeil leithid reic earrannan ann an companaidh. Chan urrainn dhuinn, taobh a-staigh an rèiteachadh fèin-riaghlaidh a th' ann an-dràsta, atharrachaidhean reachdail a dhèanamh far am biodh atharraichean a dhìth air lagh chompanaidhean. Mar sin feuchaidh sinn ri com-pàirteachadh le Riaghaltas na RA gus dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile gnothach co-cheangailte ri tar-gluasad fearainn air sgèile mhòr – a' gabhail a-steach an fheadhainn anns a bheil earrannan chompanaidhean – a' tighinn taobh a-staigh sgòp deuchainn leas a' phobaill.

Ann a bhith a' cruthachadh pròiseas airson deuchainn leas a' phobaill, bheir sinn aire iomchaidh do dhòigh sam bith a dh'fhaodar a chleachdadh gus an deuchainn a sheachnad. A bharrachd air seo, feuchaidh sinn cuideachd ri dhèanamh cinnteach gun tèid sealbhachdan fearainn mòra a tha air an cumail tro urrasan a thoirt a-steach gu sgòp deuchainn leas a' phobaill.

Toraidhean

Tha Riaghaltas na h-Alba den bheachd, gus ar priomh amasan poileasaidh a choileanadh airson a' Bhive, a tha a' gabhail a-steach barrachd iomadachd ann an sealbh fearainn, agus cothroman nas fheàrr do bhuidhnean coimhairsnachd, gu bheil trì builean a dh'fhaodadh a bhith aig an deuchainn nan rachadh a dhèanamh air an neach-reic mus rachadh am fearann a reic. 'S iad sin:

- Nach eil gu leòr ùidh phobalach gus cur a-steach air an reic agus gum faodadh am fearann sin a bhith air a reic mar a thogras an neach-reic; no
- Gu bheil ùidh phoblach làidir gu leòr ann a bhith a' lùghdachadh sgèile/dùmhachd is nach urrainn an reic a dhol air adhart ach le cumhachan sònraichte (a bhiodh a rèir an adhbhair nach robhar den bheachd gu robh an reic a rèir leas a' phobaill). Dh'fhaodadh na cumhaichean a bhith a' gabhail a-steach:
 - i. gum bu chòir am fearann sin a roinn ann an diofar lotaichean agus nach b' urrainnear a reic ri (no a bhith air fhaighinn le) aon phàrtaidh mar aon aonad; agus /no
 - ii. bu chòir am fearann, gu h-iomlan, no ann am pàirt, a thabhan do bhuidhnean coimhairsnachd stèidhichte san sgìre, agus nach fhaod an reic a dhol air adhart ach a-mhàin ma tha na buidhnean ris an deach co-chomhairleachadh a chumail, às dèidh ùine, a' nochdadh nach eil iad airson a dhol air adhart le bhith ga cheannach.

Tha sinn an dùil gum bu chòir do Dheuchainn Leas a' Phobaill aire a thoirt air ceum sam bith a chaidh a ghabhail san àm a dh'fhalbh (thar ùine ainmichte - thathar a' moladh 5 bliadhna) le neach-reic gus iomadachadh a dhèanamh air sealbh, agus/no a tha air na Planaichean Riaghlaidh aca a chleachdadh gus conaltradh le buidhnean coimhairsnachd a thaobh cothroman air fearann fhaighinn air lios no a cheannach.

Dh'fhaodadh toradh a bhith aig deuchainn a chuireadh cumhachan sònraichte air a' cheannaiche, leithid riatanas a bhith a' cur uallachaidhean anns a' Phlana Stiùiridh aca gus talamh mònach truaillichte ùrachadh no pàirt den talamh aca a thoirt do bhuidhnean coimhersnachd ionadail iomchaidh.

Dh'fhaodadh a' cheist am bu chòir a bhith aig neach-ceannach ri Deuchainn Leas a' Phobaill a dhèanamh, agus a bhith le ùmhlaichd do cho-dhùnaidhean am faod iad a dhol air adhart agus ma tha, dè na cumhachan a th' ann, aire a thoirt cuideachd air toradh sgrùdadadh Còraichean is Dleastanasan Fearainn a chaidh a dhèanamh roimhe a thaobh fearann a tha aig an neach-ceannach mar-thà.

Ceistean

C14 Tha sinn a' moladh gum bu chòir deuchainn leas a' phobaill a chur an sàs airson tar-ghluasad an sealbhachdan fearainn air sgèile mhòr. A bheil thu ag aontachadh no ag eas-aontachadh ris a' mholadh?

Ag aontachadh / Ag eas-aontachadh / Chan eil fhios agam

Thoir seachad beagan adhbharan airson do fhreagairt:

C15. Nad bheachd-sa, dè na buannachdan agus/no na h-eas-bhuannachdan a bhiodh an lùib a bhith a' cur deuchainn leas a' phobaill an sàs airson tar-ghluasad an sealbhachdan fearainn air sgèile mhòr?

C16. A bheil thu a' smaoineachadh gum bu chòir deuchainn leas a' phobaill a chur an sàs airson:

An neach-reic a-mhàin / An ceannaiche a-mhàin / An neach-reic agus an ceannaiche / Chan eil fios agam

Thoir seachad beagan adhbharan airson do fhreagairt:

C17. Ma thèid deuchainn leas a' phobaill a chur an sàs dhan neach-reic, a bheil thu a' smaoineachadh gum dhan deuchainn a bhith mar phàirt den phròiseas tar-thabhairt?

Tha/ Chan eil / Chan eil fhios agam

Thoir seachad beagan adhbharan airson do fhreagairt:

C18. A bheil thu a' smaoineachadh gum bu chòir a h-uile seòrsa de thar-chur an sealbhachdan fearainn mòra (a' gabhail a-steach tar-chur earrannan agus tar-chur taobh a-staigh no eadar urrasan) a bhith san sgòp airson deuchainn leas a' phobaill?

Tha/ Chan eil / Chan eil fhios agam

Thoir seachad beagan adhbharan airson do fhreagairt:

C19. Nan co-dhùineadh deuchainn leas a' phobaill a rinneadh air an neach-ceannaich gun robh leas poblach làidir ann a bhith a' lùghdachadh sgèile/dùmhachd, tha sinn air moladh gum faodadh na cumhaichean a chuireadh air reic an fhearin a bhith a' gabhail a-steach:

- i. Gum bu chòir am fearann sin a roinn ann an diofar lotaichean agus nach b' urrainnear a reic ri (no a bhith air fhaighinn le) aon phàrtaidh mar aon aonad
- ii. Bu chòir am fearann, gu h-iomlan, no ann am páirt, a thabhan do bhuidhnean coimhairsnachd stèidhichte san sgìre, agus nach fhaod an reic a dhol air adhart ach a-mhàin ma tha na buidhnean ris an deach co-chomhairleachadh a chumail, às dèidh ùine, a' nochdadadh nach eil iad airson a dhol air adhart le bhith ga cheannach.

A bheil thu ag aontachadh no ag eas-aontachadh leis na cumhaichean seo?

- Cumha i. Ag aontachadh / Ag eas-aontachadh / Chan eil fhios agam
- Cumha ii. Ag aontachadh / Ag eas-aontachadh / Chan eil fhios agam

Thoir seachad beagan adhbharan airson do fhreagairt agus mol cumha sam bith a bharrachd a th' agad:

C20. A bheil thu a' smaoineachadh gum bu chòir aire a thoirt air bhriseadh fon Aithris Còraichean is Dleastanasan Fearainn nuair a thathar a' co-dhùnadadh air deuchainn leas a' phobaill?

Tha / Chan eil / Chan eil fhios agam

Thoir seachad beagan adhbharan airson do fhreagairt:

C21. A bheil thu a' smaoineachadh gum bu chòir do dheuchainn leas a' phobaill aire a thoirt air na ceumannan a rinn neach-reic san àm a dh'fhalbh gus:

- a) Cur ri iomadachd sealbhadaireachd Tha/ Chan eil / Chan eil fhios agam
- b) Am Plana Stiùiridh aca a chleachdadadh gus conaltradh a dhèanamh le buidhnean coimhairsnachd mu chothroman gus fearann a cheannach no fhaighinn air màl

Tha / Chan eil / Chan eil fhios agam

Thoir seachad beagan adhbharan airson do fhreagairtean:

c) Dè cho fada 's a bu chòir do na planaichean mairsinn?

C22. A bheil thu a' smaoineachadh gum bu chòir an t-uallach airson gus deuchainn a' phobaill a stiùireadh a bhith aig:

- Riaghaltas na h-Alba
Tha / Chan eil/ Chan eil fhios agam
- buidheann phoblach (mar eisimpleir Coimisean Fearainn na h-Alba)
Tha/ Chan eil / Chan eil fhios agam

Thoir seachad beagan adhbharan airson do fhreagairt agus beachd sam bith a bharrachd a th' agad:

C23. A bheil thu a' smaoineachadh gum biodh am moladh gum bu chòir deuchainn leas a' phobaill a chur an sàs ann an gnothaichean sealbhachdan-fearainn air sgèile mhòr na bhuanachd dhan choimhairsnachd ionadail?

Tha/ Chan eil / Chan eil fhios agam

Thoir seachad beagan adhbharan airson do fhreagairt:

C24. A bheil beachd sam bith eile agad mun mholadh gum bu chòir deuchainn leas a' phobaill a chur an sàs ann an gnothaichean sealbhachdan earainn air sgèile mhòr?

Na tha sinn a' moladh – (2) - fios ro-làimh gu bheilear an dùil talamh a reic

Tha sinn ag aithneachadh gum bi diofar bheachdan ann mun mholadh gu h-àrd agus tha sinn airson beachdan a fhaighinn air meadhan a bharrachd a dh'fhaodadh barrachd iomadachd seilbh a thoirt gu buil (far a bheil sgèile agus dùmlachd air a chomharrachadh mar rud a dh'fhaodadh droch bhuaidh a thoirt).

Tha an reachdas Còir Coimhairsnachd air Ceannach làithreach a' toirt comas do bhuidheann coimhairsnachd (aig am feumar am bun-reachd aontachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil e a' gèilleadh ri riatanasan sònraichte) tagradh a dhèanamh gus còir ceannach ro-chasgach a chlàradh airson fearann anns a bheil ùidh shònraichte aca. Ma dh'aontaicheas Ministearan na h-Alba ris an iarrtas, feumar fios a chur chun na buidhne coimhairsnachd nuair a tha fearann gu bhith air a reic .

Ma thèid a' chòir-ceannach a chur an gnìomh agus a' bhuidheann choimhairsnachd a' co-dhùnadh gu bheil iad airson a dhol air adhart, cuidichidh sgioba Còir-ceannach Coimhairsnachd aig Riaghaltas na h-Alba a' bhuidheann tron phròiseas. Mar phàirt de seo, fastaidh agus pàighidh Ministearan neach-luachaидh neo-eisimeileach gus luach margaidh an fhearan a dhearbhadh, agus fastaidh is pàighidh iad neach-baileit neo-eisimeileach gus baileat a dhèanamh leis a' choimhairsnachd, gus

dèanamh cinnteach gu bheil mòr-chuid de mhuinnitir an àite airson a dhol air adhart le bhith a' ceannach an fhearrainn. Tha na toraidhean aig seo mar phàirt den tagradh còir-ceannach, còmhla ri fianais sam bith a chaidh a thoirt seachad gus taic a thoirt do na molaidhean, leithid plana gniomhachais no sgrùdadh ion-dhèantachd, le mion-fhiosrachadh mu mhaoineachadh sam bith a fhuaradh. Ma bheir Ministearan cead seachad a dhol air adhart, tha ochd mìosan aig a' bhuidhinn coimhairsnachd bhon cheann-latha a dhaingnich iad gun robh iad airson a dhol air adhart (no nas fhaide ma thèid seo aontachadh eadar an dà phàrtaidh) gus tar-chur an fhearrainn a thoirt gu crìch.

Bidh na molaidhean againn sa cho-chomhairle seo a' togail air na càraichean a th' ann mar-thà agus a' moladh dòighean eile anns an urrainn do choimhairsnachdan ceangal a dhèanamh ris an fhearrann air a bheil iad a' fuireach.

Ge b' e an ann tron reachdas a th' ann mar-thà, no tro cho-rèiteachadh, gheibhear na builean as fheàrr agus as seasmhaiche nuair a bhios buidhnean coimhairsnachd agus uachdarain ag obair còmhla gus a dhol an sàs a thaobh reicean fearainn a dh'faodadh a bhith ann cho tràth 's a ghabhas. Tha com-pàirteachadh gu tràth a' cur gu mòr ri cothroman na Buidhne Coimhairsnachd dèanamh cinnteach gu bheil am maoineachadh aca agus gun coinnich iad ri cinn-latha an uachdarain. Tha grunn eisimpleirean ann far an do thachair seo ann an Alba. Gus togail air an dòigh-obrach seo, tha sinn den bheachd gum faodadh na riatanasan a bharrachd a leanas a bhith anns na molaidhean airson planaichean stiùireadh fearainn a tha air am mìneachadh ann am Pàirt 5:

- fiosrachadh mu raointean fearainn far am biodh an uachdarain deònach beachdachadh air tar-chur liosa no sealbhachadh do bhuidheann coimhairsnachd;
- fiosrachadh mu rùintean seilbh san àm ri teachd; agus
- rabhadh ro-làimh a thoirt do bhuidhnean coimhairsnachd faisg air làimh mun rùn fearann a reic.

Gus am bi am moladh "fios ro-làimh" seo a' libhrigeadh an amas poileasaidh a thaobh a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil còir ro-chasgach aig coimhairsnachdan, a' cur ris a' chòir coimhairsnachd air ceannach a th' ann mar-thà, agus a' toirt spèis do chòraichean an uachdarain a bhith comasach air faighinn cuidteas an cuid fearainn gu saor, tha e deatamach gum faigh sinn cothromachadh leis an ùine a dh'fheumas sinn am "fios ro-làimh" a thoirt seachad.

An-dràsta, far a bheil còir-ceannach ro-chasgach pàirt 2 ann, tha 8 mìosan aig a' Bhuidhinn Coimhairsnachd bhon àm a dhearbh iad gu bheil iad airson a dhol air adhart leis a' chòir air ceannach gus a' chòir a chleachdad, maoineachadh faighinn agus sealbh a ghabhail. Bidh an t-uachdaran mothachail air seo, oir thèid co-chomhairle a chumail riutha mar phàirt den phròiseas clàraig agus gheibh e Fios Co-dhùnaidh nuair a thèid còir na buidhne coimhairsnachd a chlàradh. Ma cho-dhùineas a' bhuidheann Coimhairsnachd nach tèid iad air adhart leis a' cheannach, faodaidh an t-uachdaran an uair sin am fearann sin a reic air a' mhargaidh phosigailte. Tha Riaghaltas na h-Alba fhathast dealasach mu phàirt 2, agus tha sinn a' beachdachadh air dòighean air clàraighean pàirt 2 a bhrosnachadh mar phàirt den

ghealltanais gus Maoin Fearainn na h-Alba a dhùblachadh ro dheireadh na Pàrlamaid seo.

Far nach eil clàradh pàirt 2 an gnìomh, tha sinn a' moladh gum bu chòir uachdarain a bhith fo dhleastanas fios a thoirt do bhuidhnean coimhairsnachd san sgìre mun cuairt a tha a' cumail ri riatanasan Còir Coimhairsnachd gus Ceannach, agus/no buidhnean coimhairsnachd eile aig a bheil amasan buannachdan sòisealta/coimhairsnachd (leithid Uachdaran Sòisealta Clàraichte), gu bheil iad an dùil fearann a reic nuair a thèid slatan-tomhais deuchainn leas a' phobaill a choileanadh. Tha sinn a' moladh gum bu chòir 30 latha a bhith ann san urrainn dhan buidhinn/do na buidhnean coimhairsnachd innse dhan uachdaran a bheil ùidh aca a dhol air adhart le bhith ga cheannach.

Dh'fheumar seo clàr de bhuidhnean a stèidheachadh air am biodh dleastanas air an t-sealbhadar fios a thoirt seachad. Aig an ire seo, tha sinn den bheachd gum bu chòir gum biodh a' bhuidheann coimhairsnachd comasach air an ùidh a chlàradh le Ministearan na h-Alba fo phròiseas reachdail ùr, agus gum bu chòir sia mìosan eile a bhith aig a' bhuidhinn coimhairsnachd agus an t-uachdaran gus teirmean a' cheannaich a cho-rèiteachadh agus gus an urrainn dhan buidheann coimhairsnachd maoineachadh a lorg.

Tha sinn a' tuigsinn gum bi suidheachaidhean ann nuair nach biodh "fios ro-làimh" comasach, mar eisimpleir nam biodh bàs obann ann no briseadh ionmhasail, far am biodh saoradh bhon dleastanas a dhìth. A dh'aindeoin sin, fiù 's mura h-eil e coileanta, tha sinn den bheachd gum b' urrainn dhan mholadh seo a bhith air a leasachadh gus na roghainnean do choimhairsnachdan a leudachadh taobh a-muigh an fhrèam còir-ceannach a th' ann mar-thà.

Carson a tha sinn a' moladh seo

Tha am moladh seo a' freagairt air draghan gu bheil luach fearainn ag èirigh gu luath, agus gu bheil àrdachadh ann an tar-churan taobh a-muigh na margaidh aig an aon àm, agus bheil seo a' cur stad air coimhairsnachdan bho ruigsinneachd air sealbh air sealbhachdan fearainn air sgèile mhòr. Tha sinn ag aithneachadh nach eil a h-uile coimhairsnachd airson oighreachdan mòra fhaighinn agus a stiùireadh: bidh cuid a' co-dhùnadhbh gur e pìosan talmhainn nas lugha a tha iad ag iarraidh, mar eisimpleir, airson taigheadas, no pròiseactan coimhairsnachd. Bu mhath leinn barrachd ùine agus cothrom a thoirt do choimhairsnachdan am planadh agus a dhèanamh agus an t-airgead a thogail a tha a dhìth airson seo. Tha seo air sgàth 's gu bheil sinn ag aithneachadh gum urrainn dha e a bhith duilich do mhuinntir an àite ùine agus obair a thasgadh ann a bhith a' planadh gabhail thairis fearainn nuair nach eil cinnt sam bith ann co-dhiù, no cuin, a thèid a chur air a' mhargaidh.

Tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd ag aithneachadh gum faod buannachdan a bhith ann an cuid de shuidheachaidhean co-cheangailte ri seilbh fearainn air sgèile mhòr. Ann an iomadh suidheachadh, bidh uachdarain mhòra a' libhrigeadh buannachdan poblach a' gabhail a-steach obraichean, cothroman do choimhairsnachdan, agus bidh an cuid fearainn gu tric a' cuideachadh le bhith a' lùghdachadh atharrachadh na gnàth-shìde. Tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd ag

aithneachadh gu bheil feum air tasgadh priobhaideach anns a' chalpa nàdarra againn gus na targaidean atharrachadh gnàth-shìde againn a choileanadh agus gum bi cuid den tasgadh seo a' gabhail a-steach a bhith a' ceannachd sealbhachadh fearainn air sgèile mhòr.

Mar a tha sinn air a mhìneachadh anns na [Prionnsapalan Eadar-amail againn airson Tasgadh Cunntachail ann an Calpa Nàdarra](#), tha sinn dealasach a thaobh a bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid an leithid de thasgadh agus co-dhùnaidhean a dhèanamh ann an dòigh chùramach chiallach, a' toirt buannachd do na coimhearsnachdan ionadail againn agus dhan chomann-shòisealta san fharsaingeachd. A dh'aindeoin sin, tha sinn den bheachd gum biodh e buannachdail buidhnean coimhearsnachd a chur ann an suidheachadh na b' fheàrr gus brath a ghabhail air cothroman gus barrachd fearainn fhaighinn, gu h-àraidh far an urrainn do bhuidhnean mar seo eachdraidh shoirbheachail a nochdadheil de sheilbh shoirbheachail air fearann agus stòrasan fearainn san sgìre ionadail.

Ceistean

C25. Tha sinn a' moladh gum bu chòir do dh'uachdarain a tha a' reic sealbhachdan fearainn air sgìle mhòr fios a thoirt do bhuidhnean coimhearsnachd (agus feadhainn eile air an liostadh air clàr a chaith a chur ri chèile air a shon) gu bheil iad am beachd fearann a reic.

a) Dè an ìre 's gu bheil thu ag aontachadh no ag eas-aontachadh ris a' mholadh gu h-àrd?

Ag aontachadh / Ag eas-aontachadh / Chan eil fhiros agam

Thoir seachad beagan adhbharan airson do fhreagairt:

a) A bheil thu ag aontachadh no ag eas-aontachadh gum bu chòir rabhadh de 30 latha a bhith ann san urrainn dhan bhuidhinn neo buidhnean coimhearsnachd innse dhan uachdaran a bheil ùidh aca a bhith a' ceannach an fhearaínn?

Ag aontachadh/ Ag eas-aontachadh/ Chan eil fhiros agam

Thoir seachad beagan adhbharan airson do fhreagairt:

c) Ma dh'innseas a' bhuidheann no buidhnean coimhearsnachd dhan uachdaran gu bheil iad airson am fearann a cheannach rè na h-ùine fios, bu chòir gum biodh 6 mìosan aig a' bhuidhinn no na buidhnean coimhearsnachd gus teirmean a' cheannaich a cho-rèiteachadh agus maoineachadh fhaighinn. A bheil thu ag aontachadh no ag eas-aontachadh leis a' mholadh?

Ag aontachadh/ Ag eas-aontachadh/ Chan eil fhiros agam

Thoir seachad beagan adhbharan airson do fhreagairt:

C26. A bheil beachd sam bith eile agad mun mholadh gum bu chòir do dh'uachdarain a tha a' reic sealbhachdan fearainn air sgèile mhòr fios a thoirt do bhuidhnean coimhairsnachd gu bheil iad am beachd a reic?

Pàirt 8: Cumhachan ùra air an fheadhainn a tha a' faighinn maoineachadh poblach airson gnìomhachd stèidhichte air fearann

Maoineachadh poblach

Bidh Riaghaltas na h-Alba agus buidhnean poblach co-cheangailte a' rianachd maoineachadh do phàrtaidhean airson adhbharan sònraichte gus amasan poileasaidh Riaghaltas na h-Alba a thoirt air adhart leithid a bhith a' cur chraobhan agus talamh mònach ath-nuadhachadh. Tha riatanasan aig gach tabhartas no subsadaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil airgead poblach air a chosg air gnìomhachd a tha a' cumail taic ri amas Riaghaltas na h-Alba.

Anns na beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh, tha barrachd ùidh air a bhith ann air cò tha a' faighinn airgead poblach. Tha an ionnsaigh a thug an Ruis air an Ucràin bho chionn ghoirid air a' chùis seo a chur am follais a-rithist. A bharrachd air sin, tha fios againn gu bheil feum againn air in-thasgadh priobhaideach gus taic a chumail ri maoineachadh poblach gus na h-amasan atharrachadh gnàth-thide againn a choileanadh.

Is e dragh eile co-cheangailte ri follaiseachd an ire is gu bheil prothaid bho thasgadh fearainn (a dh'fhaodadh a bhith air subsadaidh poblach fhaighinn) a' fàgail na dùthcha. Tha sinn a' sireadh bheachdan sa cho-chomhairle seo air am bu chòir daoine a tha airson fearann fhaighinn ann an Alba, agus gach neach a gheibh subsadaidh stèidhichte air fearann bho Riaghaltas na h-Alba, a bhith clàraichte agus buailteach cìs a phàigheadh san RA no san AE. Tha sinn a' mìneachadh beagan cheistean co-cheangailte ri seo ann am Pàirt 11, gu h-ìosal.

Na tha sinn a' moladh

Anns a' cho-chomhairle seo, tha sinn air molaidhean a chur air adhart gus an LRRS a neartachadh agus gus Planaichean Stiùiridh Fearainn èigneachail a thoirt a-steach. Is e fear de na peanasan a dh'fhaodadh a bhith ann mur a bithear a' cumail ris na riatanasan sin airgead poblach a thoirt air falbh. A bharrachd air seo, bu mhath leinn sgrùudadh a dhèanamh a bheil riatanasan a bharrachd ann airson airgead poblach stèidhichte air fearann a dh'fhaodadh a bhith air an cur air tabhartasan san àm ri teachd, leithid riatanas gum bi am fearann co-cheangailte ris an tagradh clàraichte air Clàr Fearainn na h-Alba.

Tha sinn cuideachd a' moladh gum bu chòir gach neach a gheibh subsadaidhean stèidhichte air fearann Riaghaltas na h-Alba a bhith clàraichte agus buailteach cìs a phàigheadh san RA no san AE.

Carson a tha sinn a' moladh seo

Tha an riatanas air uachdarain air sgèile mhòr a bhith a' sealltainn gu bheil iad a' gèilleadh ris an LRRS agus gu bheil Plana Stiùiridh ùraichte aca a' dol còmhla ris na poileasaidhean a chaidh a thoirt a-steach ann am Pàirtean 5 agus 6 den cho-chomhairle seo agus thèid a chleachdad mar chumhachdan èigneachaidh leis na buidhnean iomchaidh.

Tha sinn ag aithneachadh gum bi mòran ghabhaltasan a gheibh subsadaidh stèidhichte air fearann air an clàradh ann an Clàr Fearainn na h-Alba mar-thà. Tha sinn ag aithneachadh cuideachd gum bi cosgais ann dhaibhsan nach eil air a' Chlàr mar-thà. Le bhith a' cur an riatanais seo gus clàradh air an fheadhainn nach eil air a' Chlàr Fearainn, cuiridh sin ri ìrean clàraidh, a' toirt taic do lìbhrigeadh barrachd follaiseachd air fiosrachadh seilbh agus ri Clàr Fearainn iomlan.

Ceistean

C27. Tha sinn a' moladh nan riatanasan ion-roghnachd a leanas do dh'uachdarain gus maoineachadh poblach fhaighinn bho Riaghaltas na h-Alba airson gnìomhachd stèidhichte air fearann:

- i. Feumaidh am fearann uile, ge b' e dè am meud, a bhith clàraichte ann an Clàr Fearainn na h-Alba.
- ii. Feumaidh uachdarain mhòra sealltainn gu bheil iad a' cumail ri Aithris Còraichean is Dhleastanasan Fearainn agus gu bheil Plana Riaghlaidh Fearainn ùra aca.

A bheil thu ag aontachadh no ag eas-aontachadh leis na riatanasan seo?

a.) Riatanas i.

Ag aontachadh / Ag eas-aontachadh / Chan eil fhios agam

b) Riatanas ii.

Ag aontachadh / Ag eas-aontachadh / Chan eil fhios agam

Thoir seachad beagan adhbharan airson do fhreagairtean:

C28. A bheil beachd sam bith eile agad air na planaichean a tha air am mìneachadh gu h-àrd?

Pàirt 9: Teanantachd Cleachdaidh Fearainn

Tha dealas aig Riaghaltas na h-Alba dèiligeadh ri dà èigginn atharrachadh gnàth-shìde agus bith-iomadachd. Gus aghaidh a chur air na dùblain sin, bu chòir am frèam laghail co-cheangailte ri teanantachdan àiteachais agus teanantachdan beaga atharrachadh gus leigeil le tuathanaich màil agus daoine eile measgachadh de ghniomhachd àiteachais is neo-àiteachais a dhèanamh. Dh'fhaodadh na gniomhan sin taic a chumail ri lasachadh atharrachadh gnàth-shìde agus cuideachadh gus nàdar ath-nuadhachadh agus a ghleidheadh.

Tha an siostam làithreach de theanantachd àiteachais no teanantachdan beaga a' cruthachadh grunn chnapan-starra dhaibhsan a tha airson measgachadh de ghniomhachd àiteachais is neo-àiteachais a dhèanamh san teanantachd aca. 'S e aon chnap-starra nach eil e comasach do chuid de theanantan seòrsaichean sònraichte de ghniomhachd neo-àiteachais a dhèanamh air an talamh aca. Is urrainn seo casg a chur air luchd-gabhair bho bhith a' libhrigeadh raon de buannachdan àrainneachdail, agus dh'fhaodadh gun cuir iad crìoch air a' ghabhaltas tràth mar thoradh air seo.

Na sinn a' moladh

Tha sinn a' moladh seòrsa ùr de theanantachd shùbailte, ris an canar 'Teanantachd Cleachdaidh Fearainn', a chuidicheadh tacan àiteachais, teanantan air gabhaltasan beaga agus feadhainn eile gus iomadh gniomh cleachdaidh fearainn iomchaidh a libhrigeadh taobh a-staigh aon teanantachd. Dh'fhaodadh na gniomhan seo a bhith a' gabhair a-steach stiùireadh choilltean, agro-choilltearachd, cumail suas agus ath-nuadhachadh nàdair, ath-nuadhachadh talamh mònach, agus àiteachas.

Bhiodh frèam laghail Teanantachd Cleachdaidh Fearainn a' mìneachadh teirmichean is cumhaicheadh na teanantachd dhan teanntan agus dhan uachdaran aca. Dh'fhaodadh am frèam laghail seo a bhith a' gabhair a-steach:

- na prìomh eileamaidean ris an aontaicheadh an dà chuid an teanntan agus an t-uachdaran aca aig toiseach na teanantachd;
- mar a bhiodh buannachdan air an roinn;
- an raon de ghnàomhan air am feumar beachdachadh tron teanantachd; agus
- Am pròiseas airson an teanantachd a thoirt gu crìch.

Tha sinn a' moladh gum biodh e comasach do thuathanaich a tha nan teanantan agus luchd-seilbh fearainn beaga an teanantachd aca atharrachadh gu bhith na Teanantachd Cleachdaidh Fearainn. Bheireadh seo cothrom dhaibh diofar ghnàomhan stiùireadh fearainn a ghabhair os làimh gus amasan nàiseanta a thaobh na gnàth-shìde agus na h-àrainneachd a libhrigeadh gun a bhith a' fàgail na teanantachd.

Carson a tha sinn a' moladh seo

Chruthaicheadh frèam laghail den t-seòrsa seo siostam follaiseach agus bhrosnaicheadh e cleachdadhean fearainn nas fheàrr. Chuidicheadh e gus daoine a chumail ann an sgìrean dùthchail agus coimhearsnachdan ionadail, a' cur ri ar namas gum bi eadar-ghluasad cothromach ann. Bheireadh am frèam structaraichte

seo airson a bhith a' stiùireadh atharrachadh cleachdad-fearainn cinnt do dhaoine a bha airson fearann fhaighinn air màl gus an seòrsa seo de stiùireadh fearainn a ghabhail os làimh. Dh'fhaodadh e cuideachd cothroman ùra a chruthachadh do dhaoine a tha airson a dhol an sàs ann an dòighean eile air fearann a stiùireadh, a' leigeil le daoine cur ris an raon de sgilean a dh'fheumar gus atharrachadh cleachdad-fearainn a libhrigeadh a dh'fheumas Alba airson a bhith nas sùbailte agus nas seasmhaiche.

Bheireadh Teanantachd Cleachdad-fearainn frèam follaiseach do dh'uachdarain airson measgachadh de chleachdad-fearainn àiteachais is neo-àiteachais a chruthachadh taobh a-staigh rèiteachadh teanantachd. Bheireadh e cuideachd barrachd cinnt agus misneachd do dh'uachdarain ann a bhith a' liosadh an cuid fearainn do dhaoine ùra.

Ceistean

C29. A bheil thu ag aontachadh no ag eas-aontachadh ris a' mholadh againn gum bu chòir Teanantachd Cleachdad-fearainn a bhith ann gus leigeil le daoine raon de ghnìomhan stiùireadh fearainn a dhèanamh?

Ag aontachadh / Ag eas-aontachadh / Chan eil fhios agam

Thoir seachad beagan adhbharan airson do fhreagairtean:

C30. A bheil gniomhan stiùireadh fearainn sam bith a tha thu a' smaoineachadh nach bu chòir a bhith anns an Teanantachd Cleachdad-fearainn?

C31. A bheil thu a' smaoineachadh gum bu chòir cothroman cleachdad-fearainn co-cheangailte ri iomadachadh, leithid cumhachd ath-nuadhachail agus agri-turasachd, a bhith mar phàirt den Teanantachd Cleachdad-fearainn?

Tha / Chan eil / Chan eil fhios agam

Thoir seachad beagan adhbharan airson do fhreagairtean:

C32. A bheil thu ag aontachadh no ag eas-aontachadh gum bu chòir comas a bhith aig tuathanach màl no neach-seilbh fearainn beag, le aonta an uachdarain, an teanantachd àiteachais aca a għluasad gu bhith na Theanantachd Cleachdad-fearainn ùr gun a bhith aca ris an lios làithreach aca a thoirt gu crich?

Ag aontachadh / Ag eas-aontachadh / Chan eil fhios agam

Thoir seachad beagan adhbharan airson do fhreagairtean:

C33. Nuair a tha dùil gum bi an teantanachd aig tuathanach màil no teantanachd neach-seilbh beag a' tighinn gu crìch a bheil thu ag aontachadh no ag eas-aontachadh gum bu chòir dha a bhith comasach dhan teantan agus dhan uachdaran an teantanachd atharrachadh gu Teantanachd Cleachdaidh Fearainn gun a bhith a' dol tron phròiseas waygo, le pàrtaidhean a' cumail nan còraichean aca?

Ag aontachadh / Ag eas-aontachadh / Chan eil fhios agam

Thoir seachad beagan adhbharan airson do fhreagairtean:

C34. Ciamar a tha thu a' smaoineachadh a bu chòir am màl airson Teantanachd Cleachdadh Fearainn a thomhas?

C35. Am biodh tu a' cleachdadh Teantanachd Cleachdadh Fearainn nam biodh cothrom agad air an aon seòrsa de phàighidhean Riaghaltas na h-Alba san àm ri teachd a dh'haodadh seòrsachean stiùirichean-fearainn eile fhaighinn?

Bhiodh / Cha bhiodh / Chan eil fhios agam

Thoir seachad beagan adhbharan airson do fhreagairtean:

Q36. A bheil thu a' smaoineachadh gum bu chòir stiùireadh a bhith ann gus an teantan agus an t-uachdaran a chuideachadh gus Teantanachd Cleachdadh Fearainn aontachadh agus a riaghladh?

Tha / Chan eil / Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairtean agus thoir cunntas air cò tha thu a' smaoineachadh a bu chòir a bhith cunntachail airson an stiùireadh a sgrìobhadh agus a riaghaldh:

C37. A bheil thu a' smaoineachadh gum bu chòir pròiseas a bhith ann gus dèiligeadh ri connspáidean eadar teantan le Teantanachd Cleachdadh Fearainn agus an t-uachdaran aca?

Tha / Chan eil / Chan eil fhios agam

Thoir dhuinn beagan adhbharan airson do fhreagairtean agus thoir cunntas air mar a dh'haodadh am pròiseas seo a bhith air a riaghladh:

Q38. A bheil thu ag aontachadh no ag eas-aontachadh gum bu chòir dha a bhith comasach do theantan Teantanachd Cleachdadh Fearainn agus na h-uachdarain aca a bhith comasach air na connspáidean laghail aca a thaobh na teantanachd fhuasgladh tro Chùirt Fearainn na h-Alba?

Ag aontachadh / Ag eas-aontachadh / Chan eil fhios agam

Thoir adhbharan seachad airson do fhreagairtean agus thoir cunntas air dòighean a bharrachd anns an gabhadh eas-aonta fhuasgladh:

C39. A bheil beachd sam bith eile agad mun mholadh againn Teanantachd Cleachdaidh Fearainn a chruthachadh?

Tha / Chan eil / Chan eil fhios agam

Thoir seachad beagan adhbharan airson do fhreagairtean:

Pàirt 10: Sealbhachdan fearainn beaga

Tha gealltanais anns a' Phrògram Riaghlaidh gus reachdas luchd-seilbh beaga ùrachadh. Tha an raon seo den reachdas iom-fhillte. Chan eil e air atharrachadh bho thràth san 20^{mh} linn agus tha e a' buntainn ri àireamh bheag de dhaoine fa leth, a' mhòr-chuid air an cruinneachadh ann am pàirtean sònraichte de dh'Alba.

Bidh sinn a' dèanamh co-chomhairleachadh poblach fa leth leis a' bhuidhinn seo de dhaoine fa leth agus de luchd-ùidh; bidh seo na phàirt den phròiseas co-chomhairleachaidh airson Bile Ath-leasachadh an Fhearnainn, ged nach eil e na phàirt de phriomh cho-chomhairle a' Bile.

Ceist

C40. Am bu toil leat am fiosrachadh as ùire fhaighinn bhon Cho-chomhairle mu Shealbhachdan Fearainn Beaga airson Bile Ath-leasachadh an Fhearnainn?

Bu toil / Cha bu toil

Ma fhreagair thu gum bu toil, fàg an seòladh puist-d agad gu h-ìosal.

Pàirt 11: Soilleireachd: Cò leis a tha Fearann na h-Alba, cò aig a tha smachd air agus cò tha a' faighinn buannachd às

Cho cudromach 's a tha e tuigse fhaighinn air cò aig a bheil sealbh, smachd agus buannachd à Fearann na h-Alba

Tha Alba, agus fearann na h-Alba, nan cothroman tarraingeach do luchd-tasgaidh ann an Alba, san RA, san AE agus nas fhaide air falbh. Tha Riaghaltas na h-Alba gu mòr airson dèanamh cinnteach gun tèid in-thasgadh ann am fearann na h-Alba a dhèanamh ann an dòigh chùramach chiallach, agus tha sinn dealasach a thaobh a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil follaiseachd sealbh fearainn ann gus am bi fior thugse aig a' phoball air cò aig a bheil sealbh, aig a bheil smachd agus cò a gheibh buannachd à fearann na h-Alba. Tha an tuigse seo ro-chudromach airson amasan ath-leasachadh fearainn agus a bhith a' faighinn ceartas sóisealta, gus dèanamh cinnteach gum bi fearann na dùthcha againn a' toirt buannachd do gach neach a roghnaicheas a bhith a' fuireach agus ag obair ann an Alba. A bharrachd air sin, tha sinn cuideachd dealasach a thaobh Togail Beartas Coimhairsnachd, a tha ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil buannachdan eaonamach ann bhon tasgadh uile air an co-roinn aig ìre ionadail.

Leasachaidhean follaiseachd anns na bliadhnhachan mu dheireadh

Ann an 2014, mhol Buidheann Lèirmheas Ath-leasachadh an Fhearin nach bu chòir dha a bhith comasach do bhuidheann laghail sam bith nach eil clàraichte ann am ball-stàite den Aonadh Eòrpach tiotal fearainn a chlàradh ann an Clàr Fearann na h-Alba, gus cur ri follaiseachd agus cunnatagalachd a chùm leas a' phobaill. Rinn Riaghaltas na h-Alba co-chomhairle air a' mholadh seo, ge-tà, ach deach a chur ann an Achd Ath-leasachadh an Fhearin (Alba) 2016 oir fhuaradh a-mach nach robh am moladh comasach air an t-soilleireachd a bhathar ag iarraidh a libhrigeadh.

An àite seo, tha Riaghaltas na h-Alba, ann an co-bhonn ri Clàran na h-Alba, air Clàr nan Daoine aig a bheil Smachd air Fearann a chruthachadh. A bharrachd air sin, thug Riaghaltas na RA air adhart reachdas èiginneach mar fhreagairt dhan ionnsaigh air an Ucràin gus Clàr de Bhuidhnean Thall-thairis a thoirt air adhart.

A' toirt piseach air follaiseachd gus dèligeadh ri dùbhlain co-aimsireil

A dh'aindeoin nan leasachaidhean reachdail air follaiseachd sealbh fearainn ann an Alba, agus gu dearbh na h-obair leantainnich a tha aig Clàran na h-Alba gus Clàr Fearann na h-Alba a chriochnachadh, tha Riaghaltas na h-Alba den bheachd gu bheil ath-bheachdachadh air na cùisean co-cheangailte ri bhith a' cuingealachadh ceannach fearainn ann an Alba a dhìth mar àrdachadh ann an in-thasgadh san fhearrann agus sa chalpa nàdarra againn, còmhla ri ùidh phoblach nas àirde ann am follaiseachd chompanaidhean, bhuidhnean laghail agus sealbh fearainn mar thoradh air an ionnsaigh air Ucràin.

Tha trìd-shoilleireachd sealbh fearainn deatamach airson amasan ath-leasachadh fearainn. Chan e follaiseachd a-mhàin a tha cudromach. Tha e ro-chudromach cuideachd gum bi am beartas a thèid a thogail ann a chùm leas nan daoine a tha a'

fuireach is ag obair an seo. Sin as coireach gu bheil sinn den bheachd gum bu chòir dhuinn sgrùdadh a dhèanamh a-rithist air a' cheist cò bu chòir a bhith comasach air sealbhachdan fearainn mòra fhaighinn ann an Alba. Chaidh beachdachadh gu mionaideach air a' chùis seo nuair a bhathar a' beachdachadh air ceumannan ath-leasachadh fearainn ann an 2015. Tha co-theacs a' chòmhraidh seo air atharrachadh gu mòr ge-tà às dèidh dhan RA an t-Aonadh Eòrpach fhàgail, agus dh'fheumamaid a-nis beachdachadh air roghainnean beagan eadar-dhealaichte.

An àite a bhith a' cuingealachadh seilbh ri buidhnean laghail a tha clàraichte ann am Ball-stàite den Aonadh Eòrpach, bu mhath leinn sgrùdadh a dhèanamh air mar a dh'haodar riatanas a thoirt a-steach gum feum an fheadhainn a tha airson sealbhachdan fearainn mòra fhaighinn ann an Alba a bhith clàraichte ann am ball-stàite den AE, NO san RA air adhbharan cìse. Tha sinn den bheachd gun cuidicheadh an riatanas seo gus dèligeadh ri neo-làthaireachd, agus cuideachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil ceartas sòisealta ann agus nach eil teachd-a-steach bho bhith a' sealbhachadh fearann is togalaichean na h-Alba air a thoirt air falbh le daoine beairteach, mar sin a' dèanamh cron air coimhairsnachdan ionadail.

Dh'haodadh gu bheil an rèiteachadh tiomnaichte a th' ann an-dràsta a' cuingealachadh ar comas gus am moladh seo a thoirt air adhart, agus tha grunn chûisean laghail toinnte ri beachdachadh air. Tha sinn a' sireadh conaltradh le Riaghaltas na RA gus ìmpidh a chur orra an aon riatanas a thoirt a-steach air feadh na RA, ge-tà, beachdaichidh sinn air nas urrainn dhuinn a dhèanamh taobh a-staigh criochan an rèiteachaidh fèin-riaghlaidh làithreach againn às dèidh na co-chomhairle seo.

Ceistean

Q41. A bheil thu ag aontachadh no ag eas-aontachadh leis a' mholadh againn a bhith a' beachdachadh air:

- Cò bu chòir a bhith comasach air sealbhachdan fearainn mòra fhaighinn ann an Alba
Ag aontachadh / Ag eas-aontachadh / Chan eil fhios agam
- Gum bu chòir ceannachd fearainn air sgèile mhòr a chuingealachadh ri daoine a tha clàraichte airson chisean san RA agus san AE.
Ag aontachadh / Ag eas-aontachadh / Chan eil fhios agam

Thoir seachad beagan adhbharan airson do fhreagairtean:

Pàirt 12: Ath-leasachaidhean eile co-cheangailte ri fearann

Anns a' cho-chomhairle seo, tha sinn air grunn mholaidhean a mhìneachadh airson a chur a-steach ann am Bile Ath-leasachadh an Fheàrainn a gheall sinn a thoirt a-steach ro dheireadh 2023. Tha ath-leasachadh fearainn farsaing, agus bidh am beachdan agus an eòlas fhèin aig mòran dhaoine air feadh na h-Alba. Tha sinn airson conaltradh leis a' phoball thairis air mìosan an t-samhraidh, gus beachdan, miannan agus molaidhean airson ath-leasachadh fearainn a chluinntinn.

A bharrachd air sin, bu mhath leinn feum a dhèanamh den cho-chomhairle seo gus beachdan a shireadh air ceumannan a bharrachd a dh'haodar a dhol a-steach sa Bile, no a dh'haodadh a bhith air an toirt air adhart ann am bilean eile nas iomchaidh. A bharrachd air seo, chan fheum a h-uile ceum reachdas gus a thoirt air adhart.

Fiosgail agus cìsean

Tha Pàirt 2 den cho-chomhairle seo a' mìneachadh àite Coimisean Fearainn na h-Alba ann an ath-leasachadh fearainn, agus a' toirt fa-near gu bheil an raon-ùghdarrais aca a' toirt a-steach beachdachadh air cùisean poileasaidh co-cheangailte ri fearann. Tha iad air beachdachadh bho chionn ghoirid air an àite a dh'haodadh a bhith aig cìsean a thaobh ath-leasachadh fearainn. Chuireadh Riaghaltas na h-Alba failte air beachdan air an àite a dh'haodadh a bhith aig cìsean san àm ri teachd ann a bhith a' cumail taic ri ath-leasachadh fearainn, a' gabhail a-steach beachdan air na molaidhean a tha air am mìneachadh ann an [comhairle Coilltearachd is Fearann Alba do Mhinistearan na h-Alba](#) san Fhaoillich 2022 agus ann an co-theacs [Frèam-obrach Cìsean Riaghaltas na h-Alba](#).

Feumar coimhead air beachdan taobh a-staigh co-theacs an rèiteachaidh fèin-riaghlaidh làithrich, ach far am faodadh sin bacadh a chur air a' chomas againn molaidhean sam bith a thoirt air adhart, dh'fheuchamaid ri conaltradh le Riaghaltas na RA.

C42. A bheil beachd sam bith agad air dè an t-àite a dh'haodadh a bhith aig cìsean san àm ri teachd gus taic a chumail ri ath-leasachadh fearainn?

Buannachdan coimhairsnachd agus calpa nàdarra

Bidh tasgadh priobhaideach cunntachail ann an calpa nàdarra deatamach gus coinneachadh ri astar agus meud an dùblain a thaobh a bhith a' libhrigeadh ar targaidean atharrachadh gnàth-shìde agus amasan poileasaidh àrainneachdail agus a thaobh cleachdadh fearainn nas fharsainge. Tha sinn ag aithneachadh gum feum an tasgadh priobhaideach seo a bhith cunntachail, agus is e sin as coireach anns a' Mhàrt 2022 gun do dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba seata de Phrionnsabalan Eadar-amail airson Tasgadh Cunntachail ann an Calpa Nàdarra. Tha rùn againn margaidh calpa nàdarra àrd-ionracas, air a stiùireadh le luachan, a chruthachadh far a bheil cumhachd aig coimhairsnachdan agus far am faigh iad buannachd bho

thasgadh. Bu mhath leinn beachdan iarraidh air mar as urrainn dhuinn buannachdan coimhearsnachd a mheudachadh bho thasgadh ann an calpa nàdarra.

C43. Nad bheachd, ciamar a dh'fhaodadh Riaghaltas na h-Alba tasgadh bho chalpa nàdarra a chleachdadh gus am feum as fheàrr fhaighinn:

a) buannachd coimhearsnachd

b) buannachd nàiseanta

C44. A bheil beachdan no molaidhean a bharrachd agad airson Ath-leasachadh Fearainn ann an Alba?

Pàirt 13: A' measadh buaidh

Tha an earrann mu dheireadh den cho-chomhairle seo a' coimhead air ceistean mu bhuaidh poileasaidh, agus tha sinn a' brosnachadh neach sam bith aig a bheil fiosrachadh iomchaidh pàirt a ghabhail sa ghairm fianais againn.

Ceistean

C45 A bheil sibh mothachail air eisimpleir sam bith air mar a dh'fhaodadh na molaidhean sa cho-chomhairle seo buaidh a thoirt, gu fàbharach no gu neo-fhàbharach, air coimhairsnachdan eileanach ann an dòigh a tha eadar-dhealaichte bhon bhuaidh air tìr-mòr?

C46. A bheil thu mothachail air buaidh sam bith, math no dona, aig an àm seo no san àm ri teachd, a thig bho thaobh sam bith de na molaidhean sa cho-chomhairle seo air òigridh (clann, sgoilearan agus inbhich òga suas ri aois 26)?

C47. A bheil thu mothachail air eisimpleir sam bith air mar a dh'fhaodadh na molaidhean sa cho-chomhairle seo buaidh a thoirt, math no dona, air an fheadhainn le feartan dionta (aois, ciorram, ath-shònachadh gnè, pòsadh agus com-pàirteachas catharra, torrachas is màthaireachd, cinneadh, creideamh no feallsanachd, gnè bhith-eòlasach agus taobhadh feise)?

C48. A bheil thu mothachail air buaidh sam bith, math no dona a dh'fhaodadh tighinn bho na molaidhean sa cho-chomhairle seo air an àrainneachd?

C49. A bheil thu mothachail air eisimpleir sam bith air mar a dh'fhaodadh na molaidhean sa cho-chomhairle seo buaidh a thoirt, math no dona, air buidhnean no sgìrean a tha fo anacothrom sòisio-eaconamach (mar eisimpleir, teachd-a-steach, gainlead beartais no sgìre fo anacothrom)?

C50. A bheil thu mothachail air cosgaisean is uallaichean sam bith a dh'fhaodadh èirigh mar thoradh air na molaidhean sa cho-chomhairle seo?

C51. A bheil thu mothachail air buaidh sam bith, math no dona, a thig bho na molaidhean sa cho-chomhairle seo air dion dàta no priobhaideachd?

Pàirt 14: Briathrachas

Turasachd-àiteachas (agri-tourism) – Gníomh turasachd no cur-seachad air tuathanas, croit no oighreachd a bhios a' dèanamh biadh.

Bith-iomadachd - iomadachd na beatha air an talamh, a tha riatanach gus eag-shiostam a chumail a' dol a bheir dhuinn biadh, connadh, slàinte, beairteas agus seirbheisean deatamach eile.

Creideasan carboin - Cead a leigeas le dùthaich no buidheann uiread sònraigichte de dh'eimiseanan carboin a sgaoileadh, agus a ghabhas malairt mura tèid an cuibhreann ionlan a chleachdadh.

Frith-chothromachadh carboin - An gníomh no pròiseas de bhith a' gabhail pàirt ann an sgeamaichean a tha air an dealbhadh gus lùghdachadh carbon dà-ogsaid a dhèanamh san àile a tha co-ionann ri eimiseanan de dhà-ogsaid carboin a tha ag èirigh bho ghniomhachd gníomhachais no daonna.

Fearann leas coitcheann - Is e fearann leas coitcheann fearann a tha le ùghdarris ionadail a chaidh a thoirt a-nuas, tro ath-leasachadh riaghaltais ionadail, bho na borghan a bh' ann roimhe. Bhiodh na bailtean sin air fhaighinn mar thiodhlac no air a cheannach. Tha e a' gabhail a-steach fearann agus togalaichean, agus nithean so-ghluasadach leithid àirneis agus ealain.

Buidheann coimhairsnachd - Buidheann coimhairsnachd aig a bheil bun-reachd no artaigilean comainn a tha a rèir riatanasan Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2003.

Togail Beartas Coimhairsnachd - Dòigh-obrach a thaobh leasachadh eaconamach ionadail le daoine aig a' chridhe, a bhios ag ath-stiùireadh beartas air ais dhan eaonamaidh ionadail, agus a' cur smachd agus buannachdan ann an làmhan muinntir an àite.

Tar-thabhairt (Conveyancing) - Am pròiseas laghail a ghluaiseas seilbh fearainn / maoin fearainn / togalaichean bhon neach-reic chun an neach-ceannaich.

Tar-ghèilleadh (cross-compliance) - Tha tar-ghèilleadh na sheata de riatanasan agus inbhean èigneachail a dh'fheumas stiùirichean fearainn coileanadh gus pàighidhean sgeama taic fhaighinn.

Breithneachadh neo-eisimeileach - Pròiseas far am bi neach/buidheann neo-eisimeileach neo-phàirteach a' coimhead air fiosrachadh mu eas-aonta, agus a' co-

dhùnadh dè na gnìomhan a bu chòir do na pàrtaidhean a ghabhail gus fuasgladh fhaighinn air a' chùis.

Co-èigneachadh neo-eisimeileach - Pròiseas far a bheil neach/buidheann neo-eisimeileach agus neo-phàirteach a' cleachdadh cumhachdan catharra, eucorach no riaghlaidh gus toirt air pàrtaidhean a tha ag eas-aontachadh ceumannan a ghabhail gus a rèiteachadh.

Eadar-ghluasad cothromach - Tha prionnsapalan eadar-ghluasad cothromach air an leabachadh ann an Achd Atharrachadh na Gnàth-shìde 2019; tha seo a' ciallachadh nuair a tha sinn a' lughdachadh nan eimiseanan carboin againn agus a' freagairt ri gnàth-shìde a tha ag atharrachadh, gu bheil an turas againn cothromach agus a' fàgail gum bi an t-àm ri teachd nas fheàrr dhan h-uile duine – ge b' e càite a bheil iad a' fuireach, dè an obair a th' aca, agus cò iad.

Sealbhachd fearainn - Pìos fearainn a tha le, no air a chumail le neach no buidheann.

Sealbhachd fearainn beag - Tha Sealbhachdan Fearainn Beaga agus Teanantachdan Beaga Reachdail nam pìosan fearainn fo Achdan Luchd-seilbh Fearainn Beaga (Alba) 1886 gu 1931 ("Achd Luchd-seilbh Fearainn Beaga") nach fhaighear ach a-mhàin an Alba, taobh a-muigh nan Sgìrean Croitearachd.

Eadar-mheadhanachadh – Dòigh air eas-aonta a sgrùdadadh, a rèiteachadh no a lùghdachadh eadar daoine a' cleachdadh neach neo-phàirteach a tha Ministearan na h-Alba a' meas iomchaidh.

Buannachd nàdarra - Dòigh-obrach a thaobh leasachadh agus/no stiùireadh fearainn a tha ag amas air an àrainneachd nàdarra fhàgail ann an staid nas fheàrr na bha e roimhe.

Calpa nàdarra (*Natural Capital*) - Stòras an t-saoghal de stòrasan nàdarra. Tha seo a' gabhail a-steach èadhar, uisge, mèinnirean agus gach nì beò.

Cothromachadh-carboin - An cothromachadh eadar an ìre de ghas taigh-glainne a chaithd a chur a-steach agus an ìre a chaithd a thoirt a-mach às an àile. Ruigidh sinn cothromachadh-carboin nuair nach eil an ìre de charbon a sgaoileas sinn nas àirde na an t-suim a chaithd a thoirt air falbh.

Reic far-mhargaidh - Sealbh a thèid a reic gun sanasachd phoblach sam bith.

Uachdaran Sòisealta Clàraichte - Comann taigheadais no buidheann eile a tha clàraichte le Riaghladair Taigheadais na h-Alba.

Cumhachd Ath-nuadhachail - Cumhachd bho thùs nach bi a' chrònadh nuair a thèid a chleachdad, leithid cumhachd na gaoithe no na gràine.

Pàirt 15: Co-dhùnadh agus na h-ath cheumannan

A' cur beachd a-steach dhan cho-chomhairle seo

Tha sinn a' sireadh bheachdan dhan cho-chomhairle seo le ceann-latha mu dheireadh de 30 Dàmhair 2022.

Cuir do bheachdan a-steach dhan cho-chomhairle seo a' cleachdadhbh hub co-comhairleachaidh Riaghaltas na h-Alba, Citizen Space (<http://consult.gov.scot>). Gheibhear a' cho-chomhairle agus faodar a freagairt air-loidhne aig <https://consult.gov.scot/agriculture-and-rural-economy/land-reform-net-zero-scotland/>. Faodaidh tu an fhreagairt a shàbhaladh is tilleadh thuice fhad 's a tha a' cho-chomhairle fosgailte. Dèan cinnteach gun tèid freagairtean na co-chomhairle a chur a-steach ron cheann-latha mu dheireadh, 30 Dàmhair 2022.

Mur a bi e comasach dhut freagairt tron hub co-chomhairleachaidh againn, lion am Foirm Fiosrachaидh mun Neach-freagairt agus cuir leis an fhreagairt agad gu:

Tro phost-d gu: LRconsultation@gov.scot

No tron phost gu:

Co-chomhairle air Ath-leasachadh an Fheàrainn
Poileasaidh agus Reachdas Ath-leasachadh Fearainn
Àrainn 3G a Deas
Cidhe Bhictoria
Dùn Èideann
EH6 6QQ

A' làimhseachadh do fhreagairt

Ma tha thu a' freagairt tron hub co-chomhairleachaidh, thèid do chur air adhart chun na duilleig "Mu do Dheidhinn" mus cuir thu do bheachd air ais. Innis dhuinn mar bu chòir dhuinn dèiligeadh ris an fhreagairt agad, agus gu sònraichte a bheil thu toilichte gun tèid an fhreagairt agad fhoillseachadh. Ma dh'iarras tu nach tèid do fhreagairt fhoillseachadh, bidh sinn ga meas diomhair agus a' dèiligeadh rithe mar sin.

Bu chòir a h-uile neach-freagairt a bhith mothachail gu bheil Riaghaltas na h-Alba a' tighinn fo ullachaidhean Achd Saorsa an Fhiosrachaидh (Alba) 2002 agus mar sin, gum biodh aige ri beachdachadh air iarrtas sam bith a rinneadh dha fon Achd co-cheangailte ri freagairtean dhan cho-chomhairle seo.

Mur a h-eil e comasach dhut freagairt tro Citizen Space, lion agus cuir air ais am Foirm Fiosrachaидh mun Neach-freagairt a tha an cois na sgrìobhainn seo.

Gus faighinn a-mach mar a làimhsicheas sinn an dàta pearsanta againn, faic am poileasaidh priòbhaideachd againn: <https://www.gov.scot/privacy/>

Na h-ath-cheumannan sa phròiseas

Far a bheil luchd-freagairt air cead a thoirt gun tèid an fhreagairt aca fhoillseachadh, agus an dèidh dhuinn dearbhadh nach eil stuth cliù-mhillteach anna, bidh freagairtean rim faighinn gu poblach air <http://consult.gov.scot>. Ma chleachdas tu an hub co-chomhairleachaidh gus freagairt, gheibh thu lethbhreac den fhreagairt agad tro phost-d.

Às dèidh a' chinn-latha mu dheireadh airson freagairtean, thèid anailis a dhèanamh air gach freagairt agus thèid beachdachadh air cho math ri fianais sam bith eile a tha ri fhaighinn gus ar cuideachadh. Thèid freagairtean fhoillseachadh far an deach cead a thoirt dhuinn sin a dhèanamh. Bidh aithisg anailis ri faighinn cuideachd.

Beachdan agus gearanan

Ma tha beachd sam bith agad mu mar a chaidh a' cho-chomhairle seo a dhèanamh, cuir iad dhan t-seòladh conaltraidh gu h-àrd no gu LRCconsultation@gov.scot.

Pròiseas Co-chomhairleachaidh Riaghaltas na h-Alba

Tha co-chomhairle na pàirt bhunaiteach den phròiseas gus poileasaidh a dhèanamh. Bheir e cothrom dhuinn beachdachadh air na beachdan agus sgilean agad air raon obrach a tha air a mholadh.

Gheibhear na co-chomhairlean uile againn air-loidhne aig: <http://consult.gov.scot>. Tha gach co-chomhairle a' mìneachadh nan cuspairean air a bheilear a' beachdachadh, cho math ri dòighean gus do bheachdan a thoirt dhuinn, air-loidhne, tro phost-d no tron phost.

Thèid mion-sgrùdadadh a dhèanamh air na freagairtean mar phàirt den phròiseas poileasaidh, cho math ri farsaingeachd eile de dh'fiosrachadh is de dh'fianais. Foillsichidh sinn aithisg den anailis seo airson gach co-chomhairle. A rèir nàdair na co-chomhairle, dh'fhaodte gum bi na freagairtean:

- a' sealltann gu bheil feum air leasachadh no ath-sgrùdadadh poileasaidh;
- a' fiosrachadh cruthachadh poileasaidh sònraichte
- a' cuideachadh gus co-dhùnadadh a dhèanamh eadar diofar mholaidhean poileasaidh
- air an cleachdadadh gus crìoch a chur air reachdas mus tèid a chur an sàs

Ged a dh'fhaodadh fiosrachadh mu shuidheachadh sònraichte a chaidh a mhìneachadh ann am freagairt do cho-chomhairleachadh am pròiseas poileasaidh fiosrachadh, chan urrainn do dh'eacarsaichean co-chomhairleachaidh dèiligeadh ri draghan agus beachdan aig daoine fa leth, a bu chòir a bhith air an cur chun na buidhne poblach iomchaidh.



Pàirt 16: Foirm fiosrachaидh mun neach-freagairt

Thoir an aire gum **feumar** am foirm seo a lìonadh agus a chur air ais leis an fhreagairt agad.

Gus faighinn a-mach mar a làimhsicheas sinn an dàta pearsanta againn, faic am poileasaidh priobhaideachd againn: <https://www.gov.scot/privacy/>

A bheil thu a' freagairt mar neach fa leth no mar bhuidheann?

- Neach fa leth
- Buidheann

Ainm slàn no ainm na buidhne

Àireamh fòn

Seòladh

Còd-puist

Seòladh puist-d

Tha Riaghaltas na h-Alba ag iarraidh do chead an fhreagairt cho-chomhairle agad fhoillseachadh.

Dè b' fheàrr leat a thaobh a bhith a' foillseachadh na freagairt agad:

Fiosrachadh do bhuidhnean eile:

Tha an roghainn 'Foillsich an fhreagairt a-mhàin (gun ainm)' ri faighinn do luchd-freagairt fa leth a-mhàin. Ma thèid an roghainn seo a thaghadh, thèid ainm na buidhne fhoillseachadh co-dhiù.

Ma thagh thu an roghainn "Na foillsich mo fhreagairt", dh'fhaodte gun nochd ainm na buidhne agad air liosta nam feadhainn a fhreagair an co-comhairleachadh seo fhathast, mar eisimpleir ann an aithisg an sgrùdaidh.

- Foilsich an fhreagairt le ainm
- Foilsich an fhreagairt a-mhàin (gun ainm)
- Na foilsich an fhreagairt

Bidh sinn a' sgaoileadh na freagairt agaibh gu sgiobaidhean poileasaidh eile taobh a-staigh Riaghaltas na h-Alba, sgiobaidhean a dh'fhaodadh a bhith a' dèiligeadh ris na cùisean a thog sibh fhèin. Dh'fhaodadh gum bi iad ag iarraidh bruidhinn ribh sna làithean air thoiseach, ach feumaidh sinn ur cead airson sin a dhèanamh. A bheil sibh toilichte gum bi Riaghaltas na h-Alba a' bruidhinn ribh a-rithist mun cho-chomhairle seo?

- Tha
- Chan eil



© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2022



Tha am foillseachadh seo air a cheadachadh fo chumhachan Cead Riaghaltas Fosigailte v3.0 ach a-mhàin far a bheil an caochladh air a ràdh. Gus an cead seo fhaicinn rach [gunationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3 no sgrìobh gu Sgioba Poileasaidh an Phiosrachaidh, An Tasglann Nàiseanta, Kew, Lunnainn TW9 4DU, no cuir post-d gu:](https://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3)psi@nationalarchives.gsi.gov.uk.

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil a' chòir-lethbhreac sin.

Tha an sgrìobhainn seo ri fhaighinn aig www.gov.scot

Bu chòir ceist sam bith mun sgrìobhainn seo a chur thugainn aig

Riaghaltas na h-Alba
Taigh Naomh Anndrais
Dùn Èideann
EH1 3EG

ISBN: 978-1-80435-649-4 (air-loidhne a-mhàin)

Air foillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, am t-luchar 2022.

Air a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NA
PPDAS1071110 (07/22)